³²⁴ The last two examples can be interpreted as perfective.

4.4 Tense and aspect: expressing habituality³²⁵

1. Simple future

The simple future can describe recurring events or states.

Verbs of inert perception (e.g. *faic*, *cluinn*) and verbs of inert cognition (e.g. *aithnich*, *tuig*) are interpreted as describing achievements when in the simple future.

- *Chì mi Dòmhnall air na tràigh a h-uile madainn.* ‘I see Donald on the beach every morning.’

Corpus examples:³²⁶

- *Tha bhùth aige dìreach coltach ris na bùitean eile a chì sibh air feadh na Gàidhealtachd ann am bailtean beaga* ‘His shop is just like the other shops that you can see all over the Highlands in small villages’ (§198); *Chan ann tric a chì sinn thusa a’ tadhal oirnn* ‘It is not often that we see you visiting us (§198); *Ma tha leanabhan òga aca bithidh iad crochte riutha ann an sheaghall mar a chì sibh, uaireannan, na bana-cheardan* ‘If they have young children, they are hung from them in the shawl as you sometimes see the tinker women do’ (§400038); *Cò fear às an sgìreachd seo as tric a chì e...* ‘that sees it most often’ (#10557); *Chithear i [=iolaire iasgaich] an còmhnaidh faisg air uisge...* (#22); *chan ann tric a chithear...* (#10427; cf. #10373; #10358); *chan fhaicear ise gu tric...* (#10437);
- *An taobh a muigh de’n ghàrradh tha an “jungle” far an cluinn mi na moncaidhean a’ còmhradh a h-uile feasgar* ‘Outwith the garden is the jungle where I hear monkeys talk every evening’ (§400037); *Cluinnidh tu daoine a’ gearan an diugh – agus cluinnidh tu ministearan a’ gearan – nach eil ùine aca leabhraichean a leughadh...* ‘You hear people complain nowadays – and you hear ministers complain – that they do not have time to read books’ (§400026); *Nach eil an t-òran brèagha sin a’ chluineas sinn gu math tric ga sheinn air a rèidio* (#10310); *’s tric a chluinneas sinn...* (#10428); *is tric a cluinnear* (#10418); *nach tric a chluinnear* (#10516); *cluinnear na facail sin tric ann am Beàrnaraigh* (#10570); *Tha mi creidsinn gun cluinnear ann an iomadh dachaidh, an glaodh “Dé chuireas mi umam?”* (#38-2);
- *’S ann air far-ainm, mar A’ Phiseag ... as fheàrr a dh’aithnichear mar as trice an cluicheadair Leódhusach* (#10545);

³²⁵ § – examples from *Corpas na Gàidhlig*, # – examples from the MEANMA corpus.

³²⁶ Many examples contain the adverb *tric* since this was one of the expressions used to find examples.

- ...*beatha nach tuig iad gu tric, nach còrd riutha, is a bhios duilich dhaibh a ghiùlan* ‘a life that they often do not understand, that they do not like, and which is difficult for them to bear’ (#10281).³²⁷

With achievement and accomplishment verbs (perfective), the simple future conveys the sense of completeness/boundedness of individual events that recur.

Corpus examples:

- *Anns a’ bhaile-mhòr tha uiread a’ falbh na stràide gun fhios carson, agus gun nì ri dhèanamh, agus stadaidh fear an siud ’s an seo, ged a b’ ann a dh’èisdeachd searmoin fhèin* ‘In the city, so many walk the street not knowing why, and without anything to do, and a man stops here and there, as if they were listening to a sermon’ (§400186);
- *Tachraidh e glé tric gu bheil an sluagh a’ cur feum air atharrachadh àraidh...* (#10395); *Nach tric a thachras e...* (#10422; cf. #10583); *nì a thachras tric air banais* (#10575); *mar a thachras ro thrìc* (#10293); *mar is tric a thachras* ‘as often happens’ (#10476);
- *Aig àm buain mònach is tric a thig ris cròicean móra de chraobhan a bha taisgte fo’n riasg fad iomadh linn* (#10538); *Nach tric a thig an smuain a tha sin...* (#10562); *Agus glé thrìc thig sibh dhachaidh fuar...* (#10406; cf. #10325);
- ...*gu tric ruigidh iad an dà bhliadhna dheug gun ach corra fhacal Gàidhlig* (#10576);
- ...*cuirear glé thrìc iongnadh air dùthchadaich Chuimreach gu bheil a leithid de rud ann ri gluasad dùthchadach as aonais a chànain fhéin* (#10350);
- *Their iomadh lighiche tric gu leòir...* (#10446); *Gur tric riut fèin a chanas tu...* (#10343); *Canar* “Gaelic-essential” *ris na coimthionalan sin gu tric* (#10391); *Canar diglossia ris an t-seòrsa suidheachadh seo...* ‘This kind of situation is called “diglossia”’ (#32-2);
- ...*far an tric a gheibh e am bàs o na cait* (#10464);³²⁸ ...*ach cha tric a gheibhear iad a’ neadachadh an seo* (#10458); *Bitear gu tric a’ cur air ministearan na Pàrlamaid an diugh, an uair a théid an ceasnachadh an Tigh nan Cumantan mu nithean a tha a’ cur dragh air an t-sluagh, nach e freagairtean sònraichte mar bu chòir gheibhear bhuapa, ach tuilleadh ’s a chòir de’n ghobble-de-gook* ‘...one does not get defined answers from them as one should’ (§400045);
- *Mar as tric’ ’s e aon ghlaime a bheir siorc à duine* (#4953);
- ...*is tric a sgithicheas e na coin* (#10448);
- *Cuiridh iad suas ri gainne is cha bhi iad ris a’ mhèirle ach nuair a sparras an éiginn iad* ‘They put up with scarcity and they do not steal except when the necessity forces them to’ (§40);
- *smuainichibh cho tric is a dhòirteas cupan tea ... air trusgan ùr* (#10486);
- ...*nach tric a chailleas iad cuimhne* (#10474);
- *Lorgaidh tu e ’na suidhe, gu tric air an aon spiòdan carraig...* ‘you (will/can) find it’ (#10441); *Tha co-chomann agus còrdadh eadar na h-eaglaisean ann am Meadhon Earra-Ghàidheal nach lorgar tric ann an àiteachan eile ann an Alba* (#10260);

³²⁷ This might be a (bounded) state, in fact: ‘a life that they often cannot understand’.

³²⁸ Talking about snipes: they are often killed by cats.

- *Gu tric, ionnsaichidh e modh an sin* (#10521);
- *...ged, mar is trice, nach dean an riaghladh sin mórán gus bacadh a chur orra* (#10520);
- *cha chaill e chruth (mar is tric a ni nylon) ‘as nylon often does’* (#10488).

There are few examples of activity and state verbs, and some of the following expressions may be interpreted as accomplishments (*cha chùm*) or achievements (*mairidh*).

Corpus examples:

- *Agus gu tric ma tha an croitear deònach faighinn air falbh ann an cabhaig, cha chùm an t-uachdaran ri rabhadh bliadhna e* (#10424);
- *B’ e Iain MacPhàidein a b’ ùghdar do’n òran a chleachdar gu tric mar òran-dealachaidh aig céilidhean is cuirmean Gaidhealach, “Soiridh leibh is oidhche mhath leibh” ‘...which is often used’* (§400011);
- *Mar is trice a ni sin so [= walk in the hills], is ann is trice a dh’iarras sinn e ‘the more often we do this, the more often we want it’* (#10399);
- *Mar as trice mairidh an cuideachadh trì bliadhna* (#10309);
- *feumaidh a’ bhanaltrum gu tric eadar-theangair ’na cois ‘a nurse often needs an interpretor’* (#10527).

Cf. also:

- *A thaobh suidheachadh nam prìosanach a thig a-staigh dhan phrìosan às na h-ionadan-gleidhidh airson òigridh: tilgear air ball iad an sàs ann am beatha nach tuig iad gu tric, nach còrd riutha, is a bhios duilich dhaibh a ghiùlan ‘Regarding the situation of the prisoners who come in to the prison from youth detention centres: they are entangled immediately in a life that they often do not understand, that they do not like, and which is difficult for them to bear’* (#10281).

Modals and auxiliaries occur only in their simple forms. Additionally, the verbs *faodar* and *gabhadh* describe a state (= ‘is possible’).

Corpus examples:

- *Faodar a nighe cho tric ’s a thograr* (#10438);
- *Gabhadh i nighe cho tric ’s a thogras sibh* (#10455);
- *Chan ann tric a thig orra sparradh an lagha a chur air bathar* (#10529);
- *O! ’s tric a thèid do mhionnachadh...* (#10344);
- *Cuiridh iad suas ri gainne is cha bhi iad ris a’ mhèirle ach nuair a sparras an éiginn iad ‘They put up with scarcity and they do not steal except when the necessity forces them to’* (§40).

2. Future progressive

The future progressive can express events and states that occur habitually.

- (ACT) *Bidh Dòmhnall a' snàmh anns an loch a h-uile madainn.* 'Donald swims in the loch every morning.'
- (ACP) *Bidh Dòmhnall a' nighe nan soithichean a h-uile feasgar.* 'Donald washes the dishes every afternoon.'
- (ACH) *Bidh Dòmhnall a' tighinn dhachaigh a h-uile mìos.* 'Donald comes home every month.'
- (STT) *Bidh Dòmhnall na shuidhe aig an uinneig a h-uile madainn.* 'Donald sits at the window every morning.'

In this context, the future progressive appears to imply recurrence rather than duration, even with accomplishment and achievement verbs: the sentence *Bidh Dòmhnall a' tighinn dhachaidh a h-uile mìos* implies that Donald eventually arrives home each time. Identical or very similar meanings can also be expressed by the present (see §3).

Corpus examples:

- *'S bidh e dol do'n tobar a h-uile madainn 's cha bhi e bruidhinn ri duine* 'He goes to the spring every morning and he does not talk to anyone' (§198); *'S tric a bhios daoine a' bruidhinn air na rudan èibhinn no eirmseach a thuir e* (#4939);
- *...tha fhios agam gum bi i ag èisdeachd ri Tagh Fonn a h-uile feasgar Diciadain...* 'I know that she listens to 'Pick a tune' every Wednesday' (§400140);
- *Is e Mgr. Dòmhnallach a bhios gu tric a' leughadh nan naidheachdan air an radio* (#10400);
- *Nuair a bhios mi a' gabhail cuairt taobh na mòintich ... bidh ceist gu tric ag èirigh 'nam inntinn...* (#10261);
- *...a h-uile madainn, aig leth-uair an dèidh naoi, bidh a' chlann 's an luchd-teagaisg gu lèir a' tional* 'every morning, at half past nine, all children and teachers gather' (§11);
- *Bidh mo smuaintean a' dol tric gu na làithean anns am bu bheag mo chùram* (#10335); *An diugh, is iad na boireannaich gu tric a bhios a' dol an greim a' ghnìomh so* (#10447); *...a h-uile feasgar Dihaoine, bidh mi dol a-null dhan a' bhun-sgoil, 's a toirt leasan Beurla dhan a' chlas...* 'every Friday afternoon, I go over to the primary school and give an English lesson to the class' (§11);
- *Ach mar is trice, 'sann a bhios mi toirt sùil air beatha an duine 's air na duilgheadais a tha 'na chois* (§400093);
- *Bitear gu tric a' cur air ministearan na Pàrlamaid an diugh, an uair a théid an ceasnachadh an Tigh nan Cumantan mu nithean a tha a' cur dragh air an t-sluagh, nach e freagairtean sònraichte mar bu chòir gheibhear bhuapa, ach tuilleadh 's a chòir de'n ghobble-de-gook...* (§400045);
- *...an treud a bhios a' faotainn ùrachaidh agus foghlaim aig a cheilidh a'h uile oidhche Shathuirne* 'the crowd that gets refreshment and education at the ceilidh every Saturday night' (§401013);

- *bithidh iad a' faighneachd gu tric*, “Càite a bheil a' chreag...” (#10467);
- *Cha bhi daoine a' bàsachadh an seo glè thrìc* (#4940);
- *Bidh* guirean *a' tighinn* air smiogaid MhicCoinnich, an còmhnaidh anns an aon àite ‘A spot comes on Mackenzie’s chin, always in the same place’ (§11); *Glè thrìc bidh feadhainn den treubh sin a' tighinn 's an teanga 'nam pluic!* (#10346);
- *Bithidh feadhainn, leithid an fheadhainn a dh'ainmich mi, a' libhrigeadh a' ghuaill chun nan taighean, ach bithidh feadhainn eile a' cladhach fo'n talamh* ‘Some, like those that I have mentioned, deliver the coal to the houses, but some others dig under the ground’ (§400038);
- *Bidh na caileagan gan ungradh fhéin airson maise craicinn...* (#38-11);
- *Seach gu bheil an talamh cho mì-chothrom bidh am bonn* (i.e. of the houses) *gu math tric àrd agus bidh iad an còmhnaidh a' cur rùm no dhà shìos gu h-ìosal* (§400118);
- *Tha an tinneas so a' bualadh iomadach alt, ach 'se cnàmh an droma ... a bhios e bualadh mar as trice* (#10380).

The verb *bi* occurs in its simple forms.

- *An taobh a muigh de'n ghàrradh tha an “jungle” far an cluinn mi na moncaidhean a' còmhradh a h-uile feasgar. Bithidh elephants sìos is suas an rathad mu choinneamh an tìghe – feadhainn sholta, tha mi toilichte a ràdha* ‘Outwith the garden is the jungle where I hear monkeys talk every evening. Elephants go up and down the road opposite the house – harmless ones, I am glad to say’ (§400037); *Ma tha leanabhan òga aca bithidh iad crochte riutha ann an sheaghall mar a chì sibh, uaireannan, na bana-cheardan* ‘If they have young children, they are hung from them in the shawl as you sometimes see the tinker women do’ (§400038); *...far an trice a bhitheas clach luachmhor* (#10368); *Seach gu bheil an talamh cho mì-chothrom bidh am bonn* (i.e. of the houses) *gu math tric àrd* (§400118).

3. Present progressive

The present progressive can express habituality, which usage is well-attested in the corpora (even in early texts). The present is extremely common in this context, at least when an expression of frequency is present, perhaps even more common than the future progressive (see §2).

- (ACT) *Tha Dòmhnall a' snàmh anns an loch a h-uile madainn.* ‘Donald swims in the loch every morning.’
- (ACP) *Tha Dòmhnall a' nighe shoithichean a h-uile feasgar.* ‘Donald washes dishes every evening.’
- (ACH) *Tha Dòmhnall a' tighinn dhachaigh a h-uile mìos.* ‘Donald comes home every month.’
- (STT) *Tha Dòmhnall na shuidhe aig an uinneig a h-uile madainn.* ‘Donald sits at the window every morning.’

In this context, the present progressive appears to imply recurrence rather than duration, even with accomplishment and achievement verbs: the sentence *Tha Dòmhnall a' tighinn dhachaidh a h-uile mìos* implies that Donald eventually arrives home each time.

Corpus examples:

- *Chan eil mi cho cinnteach cuideachd gu bheil luch-teagach nan cànan Ceilteach anns na h-Oilthighean a' cleachdadh na Gàidhlig cho tric 's a dh'fhaodadh iad* (#10563); ...*thathar gu tric a' cleachdadh bàta beag, ochd ràimh de dh'fhiodh 's de chanbhas ris an canar "curragh"* (#10320);
- *'S tric a tha 'n toinise seo a' tarraing às na boireannaich* (#10290);
- *Thatar gu tric a' cur as a leth gun do rinn i droch dhiol air òrain Ghàidhlig* (#10530; cf. #10540);
- *Mar as trice, chan eil mise a' coireachadh nan daoine a tha ag obair an aghaidh ar cànan mar seo* (#10362);
- *Tha glé thric osteo-arthritis a' bualadh barrachd air aon duine anns an aon teaghlach* (#10384);
- *Tha iad a' gaireachdainn tric* (#4957);
- *Cuimhnichibh cuideachd gu bheil a' chrìoch gu tric a' ruith troimh chlachain* (#10518);
- *Tha Seonag a' dol seachad air an tigh a h-uile madainn, 's thàinig e steach orm gun tugadh i thugam e air a slighe gu a h-obair* 'Joan goes past the house every morning and it occurred to me she could bring it to me on her way to work' (§198); *Tha itealan a' dol seachad a' seo a h-uile oidhche* 'A plane flies past here every night' (§400181); *'S tha dithis no trì air fhathast a' dol don bhàr a h-uile feasgar Dihaoine...* 'And two or three still go to the bar every Friday evening' (§400140);
- *Tha sinn a' losgadh ceithir basgaidean san là, agus tha na basgaidean a' tighinn thugainn a h-uile madainn as a' mhèin air an giùlan air cinn ceathrar bhoireannach* 'We burn four baskets per day and baskets come to us every morning from the mine, carried on the heads of four women' (§400038); *Gu tric, tha fir-deasachaidh Ghairm a' tighinn far a bheil mise agus ag ràdha...* (#10531); ...*leis gu bheil luchd-oibreach gu tric a' tighinn bho thir-mór...* (#10550);
- *Tha mise toirt dhuit airgid a h-uile oidhche...* 'I give you money every night' (§400067); ...*tha fhios nach ann gun mòran saothair a tha an luchd-deasachaidh ... ga thoirt am follais gach dàrnacha seachdain* 'it is clear that the editors do not bring it to light every second week without a lot of hard work' (§400059); *Glé thric tha cus spéis ga thoirt do dhaoine mì-reusanta...* (#10387);
- ...*gu bheil coigrich a' farraid gu tric gu dé na cuileagan as freagarraiche air na lochan san àite* (#10410);
- *Tha suas ri ceithir fichead balach agus caileag beag ... a' coinneachadh aig aon uair deug a h-uile madainn Di-Sathuirne* 'Up to eighty wee boys and girls ... meet at eleven every Saturday morning' (§400003); *Tha còrr agus ceud gille agus cailleag a' coinneachadh a h-uile madainn Di-Sathuirne...* 'More than a hundred boys and girls meet every Saturday morning' (§400005);

- 'Sann mar as trice a-mach a Steòrnabhagh **a tha** na h-eithrichean Scalpach **a' co-sheasamh** (#10341);
- ...agus **tha** sin gu tric **a' fàgail** teaghlaich gun Ghàidhlig (#10551); **Tha** mi gad fhàgail nad aonar ro thrìc (#10336);
- Mar is tric, **tha** an oidhche **a' dùnadh**, agus uaireannan a' fosgladh cuideachd, le sabaid eadar muinntir am' chinn shìos agus muinntir a' chinn shuas mu dheighinn na tigheannan anns am bi iad a' tadhal (§400017);
- **Tha** iad ag ionnsachadh na Gàidhlig a h-uile madainn... 'They learn Gaelic every morning' (§400032);
- **Tha** sinn gu tric **a' dìochuimhneachadh** so (#10539);
- ...gum bheil ur craiceann beò agus mar sin **gum bheil e gu tric ag ath-ùrachadh** (#10552);
- Ach tha fios a'm a-nise gur tric a tha an dìoghaltas **a' cosg** barrachd air na 's fhiach e (#4955);
- ...agus **tha** Tormod **a' cadal a h-uile oidhche** leis a' phòcair ri a thaobh 'and Norman sleeps every night with the poker by his side' (§400054);
- Truaghain bhochda **a tha nan suidhe** aig dasc a h-uile madainn 's nach fhaigh air facal a chur air pàipear 'Poor souls that sit at the desk every morning and do not manage to put a single word on the paper' (§400108);
- **tha** cumadh agus fuaim nan roinn cho tric an crochadh ris na tha mu'n timcheall (#10508).

The verb *bi* only has simple forms.

Corpus examples:

- 'S a dh'aindeoin sin, **tha** "Rìgh Deòrsa" taosgach gach dàrnacha latha 'Despite that "King George" is full to the brim every second day' (§400005); *Bha* sinn nar suidhe anns an taigh-chlub ... mar as trice **tha** sinn a h-uile feasgar Disathurna an deaghaidh a dhol timcheall a' chùrsa 'We were sitting in the club as we often do every Saturday evening...' (§400127); *Is aithne dhomhsa aon fhear ...* **a tha tric** an cuideachd a' bhàillidh (#10558); *Tha deagh fhios ...* gur tric a tha treallaich mhath de'n Ghàidhlig aig a' chlann ma tha i aig am màthair (#10541); ...nach tric a tha air trèana 'who is not on a train frequently' (#10295); *Tha fear an seo* **a tha tric** gu leòr mu 'n tigh-sgoile (#10555); *Tha an tigh-staile ag iarraidh fear-riaghlaidh, agus chan ann glé thrìc a tha e sin as Ile...* (#10548); ...gun ghuth gu bheil na sean-fhacail gu tric calg-dhìreach an aghaidh a chéile (#10481); Mar as trice, **tha** a' chiad seòrsa nas gainne, 's an dara seòrsa ro phailt! (#10549); *Chan eil Gàidhlig aca sin idir agus* mar as trice **chan eil** a' Bheurla aca ròine nas fheàrr na aig càch (#10564); **Tha** obair latha mar as tric seachad mu shia feasgair (#10402); Mar as trice, **tha** trì seirbhisean agam (#10259).

Cf. the following passive expressions:

- **Tha** a' chathag ... gu tric air a cumail 'na peata aig cloinn (#10463); *Tha mórán de nithean ann a so* nach eil gu tric air am mìneachadh ann na gràmairean coitcheanna

(#10511); *Mar as trice tha beachdan na cloinne air an stéidheachadh air beachdan nam pàrantan...* (#10568);

- ...*chan eil iad tric ri'm faighinn ach air leth* (#10461).

4. Present perfect

The present perfect does not seem to be common in this context. It could probably be replaced by the present in the following example.

- *Tha 'm polas air a bhith a stigh a seo gach dàrnacha latha, bho chailleadh iad* 'The police officer has been (coming) in here every second day, since they got lost' (§306).

5. Simple future vs. future progressive & present

The simple future describes perfective events as opposed to ongoing or recurring events/states, which are expressed by progressive forms (cf. also §13).

The simple future can describe an event that occurs regularly in a (recurring) situation expressed by the future progressive or the present (see §2 and §3).

- *Tha mi cinnteach gun smuainich sibh fhéin air buadhan eile airson an seall sibh ann an aodach a bhios sibh a' ceannach* 'I am sure that you yourself think of other qualities you look for in clothes that you buy' (#38-2);
- *Bidh Iain Crotach a' gabhail a thìde leis na litrichean, agus uaireannan stadaidh e aig tigh 's gabhaidh e copan tea* 'Iain the Hunchback takes his time with the letters and, at times, he stops at a house and has a cup of tea' (§198);
- *Anns a' bhaile-mhòr tha uiread a' fulbh na stràide gun fhios carson, agus gun nì ri dhèanamh, agus stadaidh fear an siud 's an seo, ged a b' ann a dh'èisdeachd searmoin fhèin* 'In the city, so many walk the street not knowing why, and without anything to do, and a man stops here and there, as if they were listening to a sermon' (§400186);
- *Turus sam bith a chì e mi, nuair a tha e ag obair air an rathad mhór, stadaidh e fada mun ruig mi idir, is faighnichidh e gu caomhneil mu ar déidhinn uile* 'Whenever he sees me, when he is at work at the great road, he stops long before I even arrive, and asks me kindly about us all' (§40).

The simple future can describe recurring events in subordinate clauses that may serve as expressions of frequency (or similar) for the events or states described by the main clause. The latter are expressed either by the future progressive or by the present (see §2 and §3).

- *Madainnean nach eil agam ri dhol dhan an sgoil, bidh mi dol air ais dhan an leabaidh cho luath 's a chluinneas mi an gleoc alarm a' duirgheal an ath-dhoras...* 'On the mornings that I do not have to go to school, I go back to bed as soon as I hear the alarm clock ringing next door' (#11-2);

- *Cuiridh iad suas ri gainne is **cha bhi** iad ris a' mhèirle ach nuair **a sparras** an éiginn iad* 'They put up with scarcity and they do not steal except when the necessity forces them to' (§40);
- *An dràsda, gach taobh **a thionndaidheas** duine air a' Ghàidhealtachd, **tha** Beurla f'a chomhair* 'Whatever side you turn to in the Highlands now, English is in front of you' (#32-2);
- ***Tha** mi anns a' chéilidh a h-uile oidhche **a chumas** am Freasdal Dòmhnall ruadh gun tighinn a choimhead orm* 'I am at the ceilidh on every night on which Providence keeps Red Donald from coming to see me' (§401001).

6. Future progressive vs. present

It is not completely clear how the present differs from the future progressive when expressing habituality. The present might add a sense of continuity or greater regularity to a habitual event or state for pragmatic or stylistic reasons (cf. *he is constantly in the pub*). In other words, the future progressive seems to emphasise habituality, whilst the present appears to emphasise continuity, simultaneity or more regular occurrence (cf. §16).

The two forms can be combined as follows.

- *Madainnean **nach eil** agam ri dhol dhan an sgoil, **bidh** mi **dol** air ais dhan an leabaidh cho luath 's a chluinneas mi an gleoc alarm a' duirgheal an ath-dhoras, 's **a' laighe** leis a' chuibhrig air an tarraing suas fo mo smiogaid, ag èisdeachd ri na fuaimean a **bhios** mo bhean **a' dèanamh** tron a' bhalla... 'S e chiad rud a **tha** mi **cluinntinn** brag nan casan aice air an làr... Ràn tanca na poit a' falamhachadh 's a' lìonadh, fluis tap a' bhùirn theth ... a **bhios** i **fàgail** a' ruith fhad 's a **tha** i **glanadh** a fìaclan* 'On the mornings that I do not have to go to school, I go back to bed as soon as I hear the alarm clock ringing next door, and lie with the duvet pulled up under my chin, listening to the sounds that my wife makes through the wall... The first thing that I hear is the clacking of her feet on the floor... The roar of the water tank emptying and filling, the flush of the hot water tap... which she leaves running while she brushes her teeth' (#11-2);
- ***Tha** cromosoman **a' dealachadh** bho chéile air thuairream aig àm meiósis, agus mar sin **tha** dà ghine air an aon cromosom buailteach air dealachadh còmhla... Bidh co-cheangal anns an dualchas a **tha** gineachan de'n t-seòrsa sin a' giùlan, agus **cha bhi** iad **a' dealachadh** 's **a' tighinn** gu chéile air thuairream mar a **bhios** gineachan a **tha gan giùlan** air cromosoman eadar-dhealaichte... (#33-3-3);*
- ***Thathar** an còmhnaidh **a' ruith** dhannsaichean agus **bidh** "cèili" ann a h-uile oidhche air feadh an t-samhraidh... 'They always run dances and there is a ceilidh every night throughout the summer' (§400130);*
- *...**tha** mi nise **fuireach** 'nam aonar (...) ann an tigh comhfhurtail le leas air a bhialaibh far am **bi** mi **a' cur** mheasan. **Bidh** mi **caitheamh** mo thìde a' coimhead 's a' toirt aire do na nithean a **tha dol** air adhairt anns a' bhaile. Aig amannan **bidh** mi **faireachdainn** aonaranach. Ach **nach eil** a h-uile duine **faireachdainn** sin eadhon nuair a **tha** iad*

*pòsda? (...) 'Sann aig Dougie a **tha** an aon bhuth a **th'**anns a' bhaile 's **bidh** e **reic** phàipearan 's trealaich de gach seòrsa (§198);*

- *“A h-uile oidhche, an dèidh dhuinn greis cadail a dhèanamh, **cha bhi** mise **a' cadal** gu dearbh” *ars esan*, “**tha** am boireannach – bean an tuathanaich **a' tighinn** far a bheil mi is srian bheag aice 's i ga crathadh air mo bheulaibh 's **tha** mi **dol** 'nam each 's **tha** i **falbh** leam 's **a' dol** a choimhead air fear eile. **Bidh** i greis còmhla ris 's **bidh** mise ann a shin aig a' gheata gus an tig i a-mach” (§400117).*

7. Simple conditional

The simple conditional can describe events or states that recurred in the past, apparently with the focus placed on individual instances of such an event or state (cf. §9).

Verbs of inert perception (e.g. *faic*, *cluinn*) and verbs of inert cognition (e.g. *aithnich*, *tuig*) are interpreted as describing achievements when in the simple conditional.

- ***Chithinn** Dòmhnall air na tràigh a h-uile madainn.* ‘I would (or used to) see Donald on the beach every morning.’

Corpus examples:

- *A h-uile madainn air an rathad don cholaisde **chitheadh** Cailean i* ‘Every morning on his way to the college, Colin would see her’ (§400133); *...gu robh fhios aige glé mhath gur i chruach mhònadh aige bha cumail a' dol na toit liath chaol a **chitheadh** e dìreadh dha na speuran a h-uile feasgar (§400101); A h-uile feasgar Sàbaid **chitheadh** tu ann an siud e, 'na sheasamh air bloigh de bhucas aig oisean na sràide, is grùnn de leth-bhalaich, maille ri bodach na dhà, timcheall air* ‘Every Sunday evening, you would see him there, standing on an old box at the street corner, and a few youths, together with a couple of old men, around him’ (§400186); *Tric **chithinn** coisichean a' dol air an “Highland” chun a' Ghearasdan (#10322); **Chitheamaid** fhèin na fèidh gu math tric a-nuas dlùth oirnn (#10323); ...ach mar bu trice, is ann an riochd boireannaich **a chite** am Fuath (#10374; cf. #10347);*
- *Aig deireadh gach òrain **chluinninn** gu tric té de na mnathan-luaidhe ag éigheach ri càch...* ‘At the end of each song, I would often hear one of the waulking women shout to the others’ (#40500).

With achievement and accomplishment verbs (perfective), the simple conditional conveys the sense of completeness/boundedness of individual events that recurred in the past.

- *A h-uile madainn, **ghabhadh** Dòmhnall a bhracaist agus **rachadh** e a dh'obair.* ‘Every morning, Donald would have his breakfast and go to work.’

Corpus examples:

- *Tugainn ma-tha, a luaidh (**chanainn** ris)* ‘Let’s go then, dear (I would say to him)’ (#11-2); *“Ud, isd,” **chanadh** i a h-uile madainn, “chan eil math dhut an cnatan a ghabhail*

- (§317); “A-nis,” **theireadh** i, “nuair a théid thu do Ghlaschu, théid thu a h-uile madainn Shathurna do’n “laundrette,” ... (§400073); Nach tric a theireadh e fhéin... (#10578);
- *bha a h-uile coltas gur aislingean draoluinneach a bh’ ann, oir **ghlaodhadh i mach gu tric** an guth àrd cruaidh an eagail, ’s bhiodh a colainn fliuch le fuar-fhallus...* (#10569);
 - *Cha robh latha **nach falbhadh** a ròn a dh’iasgach agus **thilleadh** e dhachaidh a h-uile feasgar...* (§400040);
 - *A h-uile feasgar nuair a bhiodh i air a sàth itheadh laigheadh i ri fasgadh na Creige Mòire agus cha robh eun mu na còrsachan **nach tigeadh** a chèilidh oirre...* (§400105); *A h-uile oidhche, aig an dearbh mhionaid, thigeadh bualadh do’n dorus* (§400063); *A h-uile madainn thigeadh e do leabaidh Isbeil ga dùsgadh, agus dh’fhuiricheadh e an sin gus an èireadh i...* (§400178);
 - *Bha an t-aiseag a’ fàgail mu mheadhon-oidhche agus mar bu trice ruigeadh i an Caol aig 4.30 sa’ mhadainn* (#10251);
 - *cha bu tric a thadhaileadh croitear air a’ mhaighstir-sgoile* (#10556);
 - *bu tric a chuireadh na h-iasgairean an t-seachdainn seachad aig muir* (#40252); *Gu tric ma bha òganach san sgioba, **chuireadh** esan a ghàirdean ri ràmh an guallainn na luinge* (#10283);
 - *Gach dàrnacha latha bheireadh an seachran-seilg e gu Bonn-sgaoid* (§48); ***Bheireadh** am fear a b’fheàrr trì latha ach glé thric **bheirte** ochd seachdainean air an t-slighe* (§400005); *Bu tric a bheireadh e (i.e. April) beagan ceò leis cuideachd* (#10471; cf. #10303; #10506); *gu math tric, bheireadh e sùil air leabhar beag a bha air a bheulaibh* (#10473);
 - *’S e a bhiodh sinne a’ lorg na nid a bhiodh dhà no thrì de chearcann a’ dèanamh san iodhlainn, agus glè thric **gheibheadh** sinn uighean an sin* (#4943; cf. #10339); *bu tric a gheibhte e-fhéin ... a’ cur seachad an fheasgair shamhraidh ag iolla san Loch a Tuath no san Chuan Sgìth* (#10517); *gu math tric gheibhteadh iad ann an àrd inbhe air muir ’s air tìr* (#10423); *Mar bu trice ’se “My heart’s in ze Highlands” **a gheibhinn*** (#40457);
 - *cha bu tric a thòisichheadh obair-latha ... roimh mheadhon-latha* (#10430);
 - *Ach chan eil e gu deifir dé cho tric ’s a **dheanainn** so...* (#10573); *Air a chuireadh duine a-steach a làmh chuireadh an t-eun bochd mach ugh gus nach beireadh iad air fhèin ach **cha dèanadh** sin a’ chùis ro thric* (#10263); ***cha deanadh** sinn bun no bàrr de na h-òraidean mar bu tric* (#40542; #10312).

Intrinsically imperfective (activity) verbs such as *rach* or *coisich* are normally accompanied by a phrase that indicates destination (or similar) or purpose.

- **Rachadh** Dòmhnall sìos chun na tràghad. ‘Donald would go down to the beach.’
- **Rachadh** Dòmhnall a dh’fhaighinn aran. ‘Donald would go to get bread.’

Corpus examples:

- *Agus thairis air an drochaid seo **rachadh** seanair Choinnich ... a h-uile feasgar cha mhòr, an dèidh obair a’ latha a chrìochnachadh* (§400115); *Ro thric, rachadh neart thar cheart* (#10379); ***Dheidheadh** e air a bhroinn air beulaibh nam balgairean mòr*

grànnda, agus ann an tiotadh bhiodh am fear a b' fhiadhaiche 'na charaid aige (§400178);

- *Is ann mar siud a bhitheadh e cha mhòr a h-uile oidhche den t-seachdain ach air an oidhche **choisicheadh** iad sìos chun a' bhothan airson gloidneachan liunn is còmhradh ris na fir eile (§400158).*

Intrinsically imperfective (state) verbs such as *fuirich* are accompanied by phrases or clauses introduced by *gu(s)* 'until'.

- *A h-uile madainn, **dh'fhuiricheadh** Dòmhnall gus an tilleadh sinn.* 'Every morning, Donald would wait until we returned.'

Corpus examples:

- *A h-uile madainn thigeadh e do leabaidh Isbeil ga dùsgadh, agus **dh'fhuiricheadh** e an sin gus an èireadh i... (§400178); ...**gum fanadh** e gu foighidinneach a h-uile feasgar gus an tigeadh cuideiginn aca steach (§400056).*

There are few examples of activities and states.

- *...**chòrdadh** i gu mòr ri muinntir an eilein agus glè thrìc ri coigrich cuideachd (#10327);*
- *Bu tric a chosgadh iad fàinne umha* 'They often wore a bronze ring' (#10372).

The simple conditional seems to be common in narrative contexts as in the following examples from *Corpas na Gàidhlig*. State verbs such as *caidil* have been attested in this context too.

- *A h-uile oidhche, aig an dearbh mhionaid, **thigeadh** bualadh do'n doras. **Rachadh** esan ga fhreagairt ... a-mach **ghabhadh** e a chath ris an t-seann olc. An sin **thilleadh** e a-stigh... (§400063);*
- *An uair a bhitheadh e deiseil a dh'èigheach a-mach na h-ainmeannan às an leabhar-ainm anns an sgoil a h-uile madainn, **dhùineadh** e 'n leabhar, **shliobadh** e stais aige, **chanadh** e, "Agus is mise Tòmas Tait!" agus an uair sin **thòisicheadh** obair an latha (§400141);*
- ***Chuirte** am balach 'na shìneadh air an ùrlar, agus **chaidleadh** e ann an sin gu socair, agus nuair a **dhùisgeadh** e cha bhiodh aon dad de choltas tinneis air (§28);*
- *...**sgrìobhadh** e mu gach cùis a **thigeadh** ri aghaidh a inntinne... (§400026).*

Modals and auxiliaries have only simple forms.

- *... 's e mise a **dh'fheumadh** an crodh bainne a chur a-mach a h-uile madainn* 'it was I that used to have to take the milk cows out every morning' (§400142).

8. Simple conditional perfect

The contexts are the same as for the simple conditional (see §7), with an additional retrospective sense.

- *A h-uile feasgar nuair a bhiodh i air a sàth itheadh laigheadh i ri fasgadh na Creige Mòire agus cha robh eun mu na còrsachan nach tigeadh a chèilidh oirre...* ‘Every afternoon, when she would have eaten her fill, she would lie in the shelter of Craigmòre and there was no bird about the shores that would not come to visit her’ (§400105).

9. Simple past

The simple past can describe events or states that recurred in the past, apparently with the focus placed on individual instances of such an event or state. The simple past appears to be less common in this context than the simple conditional (see §7).

Verbs of inert perception (e.g. *faic, cluinn*) and verbs of inert cognition (e.g. *aithnich, tuig*) are interpreted as describing achievements when in the simple past.

- *Chunnaic mi Dòmhnall air na tràigh a h-uile madainn.* ‘I saw Donald on the beach every morning.’

Corpus examples:

- ...agus *is tric a chunnaic* sinn deagh fhoidinn an fhighheadair... (#10495);
- ...*gun cuala mi gu tric* ’s mi ’nam bhalach (#10482; cf. 4938); *Is tric a chuala mi*... (#10433; cf. #10453; #10466; #10480; etc.); *Is tric a chualas*... (#10582).

With achievement and accomplishment verbs (perfective), the simple past conveys the sense of completeness/boundedness of individual events that recur.

Corpus examples:

- *Nach tric a thug iad luchd mònach a Colla agus as an Ros Muileach, agus nuair a sguir sin, nach iad a bha ’toirt guail o dheas?* ‘Did they not often bring a load of peat from Coll and from the Ross of Mull, and when that ended, was it not them that used to bring coal from the south?’ (§400015); *Is tric a thug Seòras Mór sùil air bun-an-uillt*... (#10417; cf. #10450; #10275);
- *A h-uile oidhche, thug an tuathànach sgillinn do’n ghille airson coinneal a cheannach gus am bitheadh solust aige anns a’ stàbull. A h-uile oidhche, chùm am balach an sgillinn ’chionn nach robh feum aige air nì sam bith ach an ròinneag a thug e às a phòcaid ’s chuir e air an an treasd i. Thug an ròinneag dha barrachd soluist na trì coinnlean* ‘Every night the farmer would give the boy a penny to buy a candle so that he would have light in the stable. Every night, the boy would keep the penny because he did not need anything but a tuft of wool that he would take from his pocket and put it on the bench. That would give him more light than three candles’ (§400067);

- ...agus bu tric **a chuir** mi seachad laithean saora ... san taigh aice ‘and I often spent holidays in her house’ (#10532);
- Ach chaidh na làithean seachad agus na pòcaidean falamh ged a **rinn** e ùrnaigh a h-uile oidhche ‘But the the days went past and the pockets got empty although he prayed every night’ (§400160); ...bu tric, anns na linntean fad as, **a rinn** ceatharnaich faire air a mullach (#10468);
- is tric **a chaidh** mi a chèilidh air (#10267); ...geata a’ chladh air **an deach** e fhèin cho tric a-steach (#10278);
- ’S tric **a thainig** e steach orm... ‘It often occurred to me’ (#10421);
- ...**gun do thachair** a leithid seo ro thrice ‘that something like this happened too often’ (#10289);
- Gur tric **a dh’fhàg** e mi leam fhéin ‘He often left me alone’ (#10352);
- ...tha mi cinnteach **gun do leugh** mi “An Dealbh Briste” o cheann gu ceann gu math nas trice na leugh e fhéin e (#10354);
- **Dhearbh** iad tric gu leòir roimhe so... (#10442).

There are few examples of activity and state verbs. The verb *chuidich* may also be interpreted as describing an accomplishment.

- Is tric **a ruith** sgoth gu math caol ag iarraidh nan gugannan (#10415);
- ...agus **labhair** Mgr. Ceausescu gu tric an aghaidh prìomh-uachdaranach nan Ruiseanach sa’ Chomunn (#10388);
- Nach tric **a chuidich** sinn ar seana-mhathair chaomh ... anns an obair màirnealaich fhadalaich so (§400022);
- Bu tric **a smaoinich** mi dè thachair don chàr ud (#10253).

Cf. the following passive examples:

- Mar bu trice **bha** am fàinne **air a dheanamh** ann an coltas dà làmh ann an glaicean a chéile (#10371);
- Dh’fheumadh an teàrr a bhith aig tigheadachd shònraichte, agus b’e ola éisg mar bu trice, **a bha air a cleachdadh** gu a tanachadh (#10491);
- Gu tric ’s ann le làn spòrs **a bha a’ cheisd air a cur** (#10501);
- ’S e leabhraichean a bu trice bh’ air an toirt seachad (#10326);
- A dh’aindeoin sin **bha e ri fhaicinn** ri taobh a h-uile madainn Sàbaid ‘Despite that, he could be seen next to her every Sunday morning’ (§400144);
- ...mar as tric **a chaidh a dhearbhadh** dhut ‘as it was often proved to you’ (#10412).

10. Simple past perfect

The contexts are the same as for the simple past (see §9), with an additional retrospective sense.

- **Bha Pòl air seo a chluinntinn** tric ‘Paul had often heard this’ (#4959).

11. Conditional progressive

The conditional progressive can describe habitual events and states that occurred in the past (cf. §12).

- (ACT) *Bhiodh Dòmhnall a' snàmh anns an loch a h-uile madainn.* 'Donald used to swim in the loch every morning.'
- (ACP) *Bhiodh Dòmhnall a' nighe nan soithichean a h-uile feasgar.* 'Donald used to wash the dishes every evening.'
- (ACH) *Bhiodh Dòmhnall a' tighinn dhachaigh a h-uile mìos.* 'Donald used to come home every month.'
- (STT) *Bhiodh Dòmhnall na shuidhe aig an uinneig a h-uile madainn.* 'Donald used to sit at the window every morning.'

In this context, the conditional progressive appears to imply recurrence rather than duration, even with accomplishment and achievement verbs: the sentence *Bhiodh Dòmhnall a' tighinn dhachaidh a h-uile mìos* implies that Donald eventually arrived home each time. Identical or very similar meanings can also be expressed by the past progressive (see §12), although that seems to be less common.

Corpus examples:

- *Duine truagh a bha fuireach leis fhéin ann am bothan, nach tric a bhitheamaid a' tarraing ás nuair a bha sinn sa' sgoil* 'The poor man who lived on his own in a bothy, did we not used to tease him often when we were at school' (#10559);
- *...nuair a bhiodh iad a' deasbud ameach a chéile – mar as tric a bhitheadh* 'when they would debate among themselves, as they often would' (#10536);
- *Glè thrice bhiodh sinn a' lorg uighean san iodhlainn* 'Very often, we used to look for eggs in the stackyard' (§2);
- *Bhitheadh iad glè thrice ri iasgach an éisg ghil, ri sealg nan eun fiadhaich agus ri togail nam faochag* 'Very often, they used to catch white fish, hunt wild birds and collect whelks' (§400020);
- *a sin, bha taod-fo-mhuir gu Loch Thamanabhaigh far 'm bu tric a bhiodh loingear chogaidh a' gabhail tàmh* (#10490);
- *Bhiodh mo mhàthair glè thrice a' sanntachadh an liosa ud* 'My mother used to covet that garden very often' (#4956);
- *Gu tric air an oidhche bhiodh e a' cluinntinn guth athar ag èigheachd...* 'At night, he would often hear his father's voice calling him' (#4905); *...a' Bheurla a bhiodh sinn gu tric a' cluinntinn nuair a bha Prohibition san tìr* (#10560);
- *...mar a bha an tìde dol air adhart bha na bu lugha aice-se r'a ràdh is cha bhiodh i fhéin a' tighinn cho tric ameach nan daoine* 'as the time was going forward she had less and less to say and she did not go among the people that often' (§400022); *Bhiodh iad a' tighinn a-steach a Steòrnabhagh a h-uile madainn agus a' dol a-mach a chur nan lion a h-uile feasgar* 'They would come into Stornoway every morning and go out to set the nets every evening' (§14); *...gum biodh na tuathanaich a' tighinn a-steach dhan*

bhaile a h-uile madainn a dh'fhaighinn sgalagan **a bhiodh a' tighinn** air an tràna a' lorg obair 'that the farmers used to come to the village every morning to get servants who would come by train looking for work' (§27); ... 's **gum biodh daoine a' dol ann tric** (#10332);

- **Bhiodh iad a' dol** gu muir aig briseadh an là ... agus mar bu tric a' tilleadh aig aon uair deug (#4958);
- **Bhitheadh càch den teaghlach a' fònadh gu tric** 's a' tighinn dhachaigh aig na làithean saora (#10277).
- **Bhiodh i a' toirt** orm bhith 'g ithe Alpen a h-uile madainn. A' bhliadhna a bha sinn air an 'diet' 'She would make me eat Alpen every morning. The year we were on the diet' (§11);
- Thachair té ris, ris **am biodh e coinneachadh a h-uile madainn**... 'He met a woman, that he used to meet every morning' (§304);
- **Bhiodh a' dùsgadh tràth a h-uile madainn** agus **a' dol an car** a chuid leabhraichean 'He used to wake up early every morning and go to get his books' (§400026);
- **Bhiodh e ga bhearradh fhèin a h-uile madainn ... 's ag èisdeachd** ris an rèidio... 'He used to shave every morning ... and to listen to the radio' (§400108);
- **Bhiodh e ga ghearradh fhèin glè thrìc leis an ràsar**, agus air an adhbhar sin **bhiodh e ceannachd mòran stiptic** 'He used to cut himself very often with the razor, and for that reason he used to buy a lot of Styptic' (§400108);
- A h-uile madainn ... bhiodh e a' dol seachad air Oifis na Gineachd far am biodh na caileagan òga an dùil pòsaidh a' feitheamh... 'Every morning he used to pass by the Genetics Office, where the young girls hoping to get married would be waiting' (§400034);
- ...**bhiodh e a' toirt a' bhalaich bhig ... sìos cuairt a h-uile feasgar ... dha Pàirc Victoria, 's ag innse** dha ainmeannan lusan is dhitheanan is eòin 'he used to take the wee boy down for a walk every afternoon ... to Victoria Park, and to tell him the names of plants and birds' (§11);
- **Bhiodh mo mhàthair ag innse dhuinn gum biodh iad a' cur bùrn teth suas dhan an t-seomar-cadal as a' mhuga ud a h-uile madainn mus deigheadh iad dhan an sgoil ach a nigheadh na seann daoine iad fhèin ann a sin** 'My mother used to tell us that they used to take hot water up to the bedroom in that mug every morning before they went to school so that the old ones could wash themselves there' (§400167);
- Agus cha robh mòran air fhàgail mu m' aodann dhen a' bheagan peanta leis **am bithinn ga mo dhèanamh fhìn brèagha ... a h-uile madainn cha mhòr** 'And not much remained on my face of the paint with which I was making my face prettier ... nearly every morning' (§400159);
- Seo mar a **bhiodh iad a' toirt bòid a' phòsaidh** (#8-1-19);
- 'S ann mun àm seo **a bhitheadh e a' gabhail cuairt dhan chladach h-uile feasgar. Bhitheadh e a' toirt faochadh dha an deaghaidh strì agus buaireas an latha** 'About this time, he would walk to the coast every evening. It used to give him relief after the struggle and troubles of the day' (§400177);

- *Ged a bha eagal am beatha orra roimh Thòmas, **bhiodh** cuid de na gillean agus Tormod 'nam measg, a' goid nan ùbhlan agus nam plumbaisean air* 'Although they were terrified of Thomas, some boys and Norman among them, used to steal apples and plums from him' (§400141);
- *A h-uile feasgar **bhiodh** e 'na shuidhe 's a dhruim ris a' bhalla a' coimhead bhuaithe gus an tuiteadh e 'na cadal leis an sgìos an deaghaidh saothair chruaidh an latha. Ach cha bu sin e do Ulnat idir. **Bhiodh** esan ag ithe h-uile grèim a gheibheadh e 's e gnòsail mar mhuic fhad 's a bha e ga dhèanamh* 'Every evening he would be sitting with his back against the wall looking from him (into the distance) until he would fall asleep with the tiredness after the hard work of the day. But that was not all for Ulnat at all. He would be eating every bit that he would get, grunting like a pig while he was doing it' (§400152).

The verb *bi* only has simple forms.

Corpus examples:

- *A h-uile feasgar **bhiodh** e-fhèin is Màiri an cuideachd a chèile* (§400086); *Ach is tric **nach biodh** an t-sìd a rèir na fàisneachd agus 's ann an uair sin a **bhiodh** culaidh-spòrs aig a' chloinn – ag éisdeachd ri'n athair a' cur dheth agus a' gearan an ath mhadainn* (§400056); *...**bhiodh** searmoin bheag aige anns an taigh a h-uile oidhche, mun teidheadh iad a chadal* (§400167); *Is ann mar siud a **bhitheadh** e cha mhòr a h-uile oidhche den t-seachdain ach air an oidhche choisicheadh iad sìos chun a' bhothan airson gloinneachan liunn is còmhradh ris na fir eile* (§400158); *Dheidheadh e air a bhroinn air beulaibh nam balgairean mòr grànnda, agus ann an tiotadh **bhiodh** am fear a b' fhiadhaiche 'na charaid aige* (§400178); *Nuair a bhiodh mo mhàthair a' dol gu mòine no talamh, chuireadh i a-steach gu Aonghas mi agus glè thrice **cha bhiodh** duine ann ach e fhèin 's mi fhìn* (#4941); *Mar bu trice 's e geansaidh iasgair agus seann bhriogais a **bhiodh** air, oir bha e daonnan ag obair mu eathraichean is iasg* (#4936).

Cf. the following passive expressions:

- *Bha dà bhord anns an t-seòmair againne agus **bhiodh** iad air a sgrùbadh 's air an glanadh cho tric 's gu robh am fiodh cho geal ri sneachd* 'There were two tables in our room and they would be scrubbed and cleaned so often that the wood was as white as snow' (#10264);
- ***Bhithinn-sa gu tric air mo chumail** trang a' lìonadh nan iteachain* 'I would often have been kept busy filling the spools' (#10496);
- *Mar bu trice, is ann an àm feasgair a **bhiodh** a' Ghruagach ri faicinn* 'It is usually in the evening time that the Gruagach could be seen' (#10378).

12. Past progressive

The past progressive can describe events and states that occurred habitually in the past (cf. §11).

- (ACT) *Bha Dòmhnall a' snàmh anns an loch a h-uile madainn.* ‘Donald swam in the loch every morning.’
- (ACP) *Bha Dòmhnall a' nighe shoithichean a h-uile feasgar.* ‘Donald washed dishes every afternoon.’
- (ACH) *Bha Dòmhnall a' tighinn dhachaigh a h-uile mìos.* ‘Donald came home every month.’
- (STT) *Bha Dòmhnall na shuidhe aig an uinneig a h-uile madainn.* ‘Donald sat at the window every morning.’

In this context, the past progressive appears to imply recurrence rather than duration, even with accomplishment and achievement verbs: the sentence *Bha Dòmhnall a' tighinn dhachaidh a h-uile mìos* implies that Donald eventually arrived home each time.

Corpus examples:

- *Chan eil beachd sam bith agam cò e an seann duine air **an robh** mo dhaoine gu tric a' bruidhinn (#10254);*
- *... 'sann **a bha** Kierkegaard **a' déiligeadh** gu tric ris an fheallsanachd fhéin (#10572);*
- *Mar bu trice **bha** làrach an tìghe fhada **a' ruith** ri bruthach beag leis a' bhàthaich aig ceann shìos an tìghe ‘The ruin of the long house would usually run down a small slope with the byre at the lower end of the house’ (#10553);*
- *Is ann an hostailean sgoile mar bu tric a bha sinn **a' fuireach** (#10276);*
- *...**bha** Anndra **a' faireachdainn** an acrais gu math tric (#10301);*
- *A dh'aindeoin sin **bha** e ri fhaicinn ri taobh a h-uile madainn Sàbaid agus ged nach **robh** e **nochdadh** aig àm sam bith eile agus ged nach e duine uabhasach briathrach a **bha** ann **bha** e **bruidhinn** gu càirdeil ri neach sam bith a dhèanadh còmhradh ris ‘Despite that, he could be seen next to her every Sunday morning and although he did not used to appear at any other time and although he was not a terribly talkative person he talked kindly to anyone who would talk to him’ (§400144);*
- *Am màireach a rithist choinnichinn ri Seonag 's i toirt a' bhainne thugam mar **a bha** i **dèanamh** a h-uile madainn ‘Tomorrow, I would meet Joan again when she brought me the milk as she used to do every morning’ (§198);*
- *Cha robh e furasda naidheachdan fhaighinn uaireannan ach **bha** sinn **a' dèanamh** gnothaich mar bu trice (#10331)*
- ***Bha** mi **a' dol** ga choimhead a h-uile madainn 's a h-uile feasgar... ‘I used to go to see him every morning and every afternoon’ (§2); Agus **bha** e **dol** laighe a h-uile oidhche da bheatha gun léine ‘And he used to go to bed without a shirt every day of his life’ (§197);*
- *...oir **bha** an seòrsa oibreach a bh'aige **'ga thoirt** a tuath gu math tric (#10535);*
- *Bha nàimhid mor aig “Rà,” ... **a bha ag éiridh** suas an aghaidh Rà a h-uile feasgar aig àm dol fodha gréine ‘Ra had a great enemy, who used to rise against Ra every evening at sunset time’ (§38);*

- **cha robh mi a' tuiteam cho tric...** (#10546);
Similar but different constructions are exemplified by: *rach air chrith* (start to shiver) (AW); *B' e duan a bha aice, a guth ag éirigh 's a' dol air chrith* (§400036); cf. also: *Bha ainglean dorcha 'na sùilean, 's thòisich e dol air chrith mar chraobh ann an stoirm* (§205); and: *bha an duine cho trom agus bha e a' cur an tigh air chrith uile* (§400026).

9. Simple verb tenses

Simple tense forms can express perfectivity, which can be interpreted as the ingressive aspect in certain contexts.

- *leum mo shròn orm* (my nose started to bleed) (FB);
- *bha i aimsirean mus do sheinn i* (she didn't start singing for a long time) (FB); *do sgrios mus truagh leam do chàradh* (may you die before I start pitying you) (FB).

Cf. also the following expressions:

- *bris air a' ghal* (start crying) (FB); *dh'fheuch e gun a dhèanamh, ach bhris air a ghàire* (he tried not to, but he started laughing) (FB); *bhris do ghàire ort* (you started to laugh) (FB); also: *bris air do ghàire* (burst out laughing) (FB); *bris air gàire* (burst out laughing) (FB).

10. Start (*transitive*)

The following expressions can be interpreted as causatives whose result is the beginning of an action or state.

- *cuir inneal a dhol* (start a machine) (FB); *Chuir iad an einnsean a dhol* (§400167); *Nuair a bha gach nì air bòrd, chuir Uilleam a dhol an t-inneal...* (§400181); *Cha robh fhios agam gun do chuir Domhnall alarm a' ghloc a dhol* (§400001);
- *cuir gu dol* (get started/going) (FB); *cuir gu dol saothair-chloinne* (induce labour) (FB);
- *leig air shiubhal an t-einnsean* (start up the engine) (FB); *Leig e 'n sin am muileann air shiubhal...* (§207003);
- *bha i a-riamh togarrach air seisean a chur air chois* (she was always willing to start a session) (FB); *Chaidh Comunn Ghàidhlig Cheap Breatunn a chur air chois bho chionn trì bliadhna* (§400077).

⁴²¹ This is the same as *thàinig an cnatan air* (he caught a cold, i.e. he started to have a cold) or *thàinig an t-acras air* (he became hungry, i.e. started to feel hungry).

Sources:

Am Faclair Beag (<https://www.faclair.com>).

Corpas na Gàidhlig (<https://dasg.ac.uk/corpus>).

Dwelly-d: Faclair Dwelly air Loidhne (<https://www.dwelly.info>).

Mark, Colin (2004) *The Gaelic-English Dictionary*. London: Routledge.

Watson, Angus (2011) *The essential Gaelic-English / English-Gaelic Dictionary*. Edinburgh: Birlinn.

4.10 Tense and aspect: terminative aspect

1. Introduction⁴²²

The terminative (or egressive, or cessative) aspect indicates the end of an action, cf. English *he stopped singing*. The following verbs and expressions that indicate the completion of an action have been found in Gaelic dictionaries:

- *sguir/stad/tog (de)*
- *leig dhìot*
- *leig seachad*
- *crìochnaich*
- *cuir crìoch/stad (air)*
- *thoir gu crìch/stad*
- *bi ullamh/deiseil (de)*

They, however, express the terminative aspect only indirectly or marginally in certain contexts, i.e. when they govern a noun phrase, rather than a small clause. In fact, some of them never govern small clauses and might be irrelevant here.⁴²³

The end of a state can be expressed as a change of state (i.e. the beginning of a different state), using a different verb, e.g. *dùisg* = *sguir de chadal*, or *èirich (nad sheasamh)* = *sguir de shuidhe / laighe*.

2. *Sguir de*

This expression introduces either a noun that describes an action or a small clause that contains a verbal noun. Other arguments may be present. In this context, *de* is normally reduced to *a*, which can be absorbed by a neighbouring vowel.

- *tha mi a' sguir de smocadh* (I'm stopping smoking) (AW); *b'eudar dhaibh sguir de chluiche* (they had to stop playing) (CM); *sguir a throd!* (stop arguing, bickering!) (FB); *sguir na gunnachan a losgadh* (the guns stopped firing) (CM); *thuir an dotair ris gum bu chòir dha sguir a dh'obair* (the doctor said to him that he ought to stop working) (CM); *sguir a mhionnan* (stop swearing!) (FB); *sguir a mhionnachadh* (stop swearing!)

⁴²² AW – Angus Watson; CM – Colin Mark; FB – *Am Faclair Beag*; D – Dwelly; § – examples from *Corpas na Gàidhlig*.

⁴²³ In this section, the term *noun phrase* refers to phrases headed by nouns that are not derived from verbs, by definite verbal nouns, and by pronouns. The term *small clause* refers to indefinite verbal nouns, which act as infinitives or gerunds and can be accompanied by various arguments.

(FB); *sguir a ghuidheachdainn* (stop cursing!) (FB); *gabh thugad a bàs cho mór is gun sguir thu a dh'ithe* (take her death to heart so much that you stop eating!) (FB); *'S fhada nis o sguir i dh'fhàs* (§204);

- *sguir a throd rium!* (stop nagging me!) (FB); *an sguir thu a throd rium?* (will you stop nagging me?) (CM); *nach sguir thu a phèirceanachd ri d' fhalt?* (will you stop trying to get your hair totally perfect?) (FB); *sguir a ghuradh air d' athair* (stop niggling your father!) (FB); *sguir a dh'obair orm!* (stop annoying me, stop teasing me!) (FB); *sguir a thutanadh timcheall air* (stop fussing around/about him) (FB); *Cha do sguir i a-riamh a bhruidhinn air: Uilleam a bràthair* (§11).

If present, the direct object follows the verbal noun, i.e. there is no object inversion.

- *Sguir mi a dh'ith buntàt'... rudan milis* (§11); *Nach iongantach gun tàinig an sgeama seo, a bha a' dol a dhèanamh cùisean furasda do dhaoine aig an robh crodh, goirid mun àm anns an do sguir daoine a chumail cruaidh* (§309); *Is sguir e dh'innse na sgeulachdan ud* (§205); *Sguir an greusaiche de tharruing na sreinge gun an greim a theannachadh* (§217004);
- *sguir a dhèanamh sin* (stop doing that) (CM); *“Tha thu a' toirt cuibhreann do neo-dhiadhaire,” ars esan, “agus nan sguireadh tu a phàigheadh sin, thigeadh e gu chiall.”* (§2).

But note: *Bha cladh air an Eilean Tioram, aig ceann Loch Nibheis, agus nuair a sguir iad de sin a chur gu feum, chaidh na daoine adhlacadh ann am Mòrair* (§400173).

The direct object can be expressed by possessive pronouns merged with *de*,⁴²⁴ as follows:

- *sguir 'gam bhuaireadh!* (stop bothering me, get off my back!) (FB); *Cha d' sguir iad 'ga mo bhrosnachadh* (§300); *Nuair a dh'fhaighnicheadh Jenkins càil dha, bha e cho fada gun freagairt 's gun sguir e mu dheireadh ga cheasnachadh* (§205); *Cha do sguir mi a-riamh gan ith* (§11).

Cf. some examples that include progressive constructions:

- *Ged a bha 'n Rìgh daonnan a' cur ìmpidh oirre fois a ghabhail agus foidhidinn a chleachdadh, cha do sguir e riamh de bhi nochdadh dhi gu pearsanta gach caoimhneas agus deagh-ghean* (§217001);
- *Cha mhaith leò riamh leannail oirre car uair, agus, an sin, sguir de bhi ga cur an àird, mar a tha sinne tuilleadh is deas gu dèanamh* (§217001).

The expression *sguir de* can govern a definite (verbal) noun, as in:

- *sguir e dhen chaoineadh* (he stopped crying) (FB); *sguir dhen dol a-mach agad!* (stop your nonsense!) (FB); *sguir dhe do thraoghaidean* (stop your antics, quite these silly games!) (FB); *Feumaidh tu sguir dhen iasgach agus gabhail air do shocair aig an taigh o seo a-mach* (§14); *Sguir de'n amaideas seo* (§198); *Sguir sinn dhe ar cuid obrach* (§251); *A Shìne sguir dhe d' ghearradh shùrdagan ort!* (§305).

⁴²⁴ *De/do m(o) > dha'm/gha'm > gam*, etc.

When the action is previously mentioned or known from the context, it can be referred to by a demonstrative or by the form *dheth*, or not referred to at all.

- *Chleachd mi a bhith toirt obair dhachaidh leam às an sgoil, 's ag ullachadh leasanan son an ath latha – sguir mi dhen a sin (§11); Chleachd e airson greiseig a bhith a' dol a-mach air eathar a dh'iasgach ach sguir e de'n sin (§198);*
- *sguir dheth! (stop it!) (AW); thuirt e gum fònadh e chun a' phoileis mura sguireadh iad dheth (he said that he would phone the police if they didn't stop it) (CM); An déidh Baile Bhóid bha Sruighlea agus fhuair mi a' cheud duais air son leughadh agus aithris. Fhuair mi duais an leughaidh a' bhliadhna roimhe sin agus sguir mi dheth an déidh Shruighlea (§400002); Ach sguiridh tu dheth, cha dean thu tuilleadh e (§46);*
- *sguir sinn aig meadhan-latha (we stopped at noon) (AW); ann an tiota sguir e (in an instant he stopped) (CM); Nach sguir thu, dhuine! (§11).*

This verb can also express the cessation of an activity, an event or a phenomenon, denoted by a noun that acts as the verb's subject, e.g.

- *an do sguir an t-uisge? (has the rain stopped?) (CM); Sguir an t-uisge. Thàinig fiath. Bha am muir sèimh socair (§400189); Nuair a sguir iasgach an t-samhraidh, sheòl 'Reul na Maidne' (...) gu Grabhair, agus fhuair an sgiobadh seachdain no dhà aig an taigh (§14); Cha robh fhios am biodh bucas eile ann. Nan sguireadh an cogadh, cha bhiodh bucais ann. Dé dhèanadh e an uairsin? (§400085).*

3. Stad de

This expression appears to govern the same types of complements as *sguir de*, but it is much less frequent in the corpus.

- *stad iad a dh'iomradh le chèile (they both stopped rowing) (CM); bha i air stad a chur (it had stopped snowing) (CM); Stad an fhaoileag de sgiamhail 's dh'èisd iad san t-sàmhchar, 'nan seasamh mar ìomhaighean (§400177); An ceann trì latha, nuair a thàinig a' ghaoth a-nuas 's a stad am bàt' a bhocadaich, dhìrich iad gu h-àrd... (§311); Stad Seumas a bhruidhinn an uair sin, ach cha b' urrainn dhomh dad a ràdh ris car greise (§317); Chan aithne dhomh cuin a stad Alasdair de obair ann an Townsville... (§400189);⁴²⁵*
- *Cha do stad i de sheinn an òrain gus an rann mu dheireadh (§401011).*

Note the following example, with the particle *a'* instead of the preposition *de*.

- *Agus thuirt e an sin gun do stad an eanchainn aice a' fàs nuair a bha i cheithir bliadhna deug a dh'aois (§244).*

The (verbal) noun can be definite:

⁴²⁵ I.e. *stopped working*.

- *stad i den ghàireachdaich* (she stopped laughing) (CM); *stad dhen t-seinn* (stop singing!) (FB); *Stad e dhen obair is thug e sùil gheur air Seumas* (§400119).

4. Tog de

This seems to have a very limited use:

- *tog dheth!* (stop it) (FB); *Tog dheth 'ille, is stad ded' ghlagaireachd...* (§102001); *So tog dheth Anna!* (§401007).

5. Leig dhìot

This expression appears to correspond to English ‘give up’ and usually governs a noun (often *obair* or *dreuchd*), or a progressive verbal noun expression (*a bhith a’ VN*), or the construction *a bhith na N*, describing an occupation.

- *leig am bodadh dheth an obair* (the old fellow gave up his job) (AW); *leig i dhith an obair* (she stopped work/working) (AW); *leig i dhith a h-obair* (she stopped work/working) (AW); *Mus do leig mi dhìom mo chuid obrach o chionn còig bliadhna bha mi a’ meòrachadh air ciamar a chuirinn seachad mo chuid ùine agus gun char agam ri dèanamh* (§400176);
- *leig e dheth bhith a’ cur dragh orra* (he ceased / stopped / gave up bothering them) (CM); *Bha bodach an Uibhist agus an uair a leig e dheth a bhith strì ri muir thòisich a’ chlann air trod ach cò am fear aca a chasadh àite athar agus a bhiodh ’na sgiobair* (§400169);
- *Bha mar an ceudna tart orm riamh gu eòlas fhaotainn agus cha do leig mi dhìom a bhith sireadh eòlais an sgoil-latha agus an sgoil-oidhche agus an dèidh sin le cùrsa foghlaim tre’n phost a bha cuimseachadh air inbhe starsach na Colaiste* (§400105); *Thoir an aire nach leig Dia dheth ’bhith ’g ad bheathachadh-sa* (§112001);
- *leig e dheth a bhith ’na thaillear* (§294); *Leig e dheth a bhi ’na mhinistear agus thòisich e air ceòl fhòghlum...* (§401004).

Examples such as the following do not seem to occur in the corpus.

- *leig dhìot sùil a chumail air Murchadh* (stop keeping an eye on Murdo!) (FB); *cha do leig iad dhiubh sùil fhaiceallach a chumail air a’ Ghàidhealtachd* (they didn’t stop keeping a watchful eye on the Highlands) (CM).

6. Leig seachad

This also appears to correspond usually to English ‘give up’ rather than ‘stop’, cf.

- *Leig iad seachad na dreuchdan a bha aca ann an Glaschu gus am faigheadh iad sìth bhon t-saoghal ann san robh iad beò* (§334);

- *leig mi seachad smocadh* (I've given up smoking) (AW); *tha mi a' leigeil seachad smocadh* (I'm stopping smoking) (AW);
- *Agus thachair e mu'n àm so le ro-lionmhoireachd nan còmhragan a measg nan ceann-feadhna gu'n do leig daoine seachad a bhi saothreachadh na talmhainn...* (§106).

However, note the following:

- *Bhruidhinn an teaghlach rim athair, a' faighneachd an cuireadh e an t-euslainteach a Steòrnabhagh sa' chàr. Leig e seachad na bha e a' dèanamh, agus dh'aontaich e air ball* (§400189).

7. Cuir crìoch/stad air

These two expressions normally govern a noun phrase, as in:

- *cuir stad air rudeigin* (put a stop to something) (AW, cf. CM); *Chuir an Cogadh Mòr stad air an iasgach* (§400154);
- *Ach mu dheireadh thall chuir Seònaid crìoch air a sgeul agus air an tì* (§313); *chuir i crìoch air an nobhail aice a-raoir* (she finished her novel last night) (AW).

The head of the phrase can be a definite verbal noun, e.g.

- *Bha e a' fhuasgladh strapaichean na cèise (...)* *Chuir e crìoch air an fhuasgladh is dh'fhosgail e 'n cèis* (§400143); *Bha Sandra a' sgrìobhadh 's ag aomadh a cinn fhad 's a bha Teàrlach a' bruidhinn. An uair a sguir e, chuir i crìoch air an sgrìobhadh agus choimhead i orra le chèile* (§400189).

Examples of the expression *cuir crìoch air* governing a small clause are found in the corpus, but they are rare and somewhat more common in older texts. Note the position of the object in some of the examples.

- *Dh'èirich Iain Og bhon bhòrd a' mhionaid a chuir e crìoch air ithe* (§316);
- *Agus an uair a chuir Solamh crìoch air an urnuigh so uile a dheanamh ris an Tighearn (...)* *dh'èirich e o bheulaibh altarach an Tighearna...* (§160002);
- *...agus chuir Hiram crìoch air deanamh na h-oibre uile a rinn e do rìgh Solamh air son tighe an Tighearna* (§160002); *Mu'n do chuir mi crìoch air leughadh an leabhair, bha m' fhuil air ghoil am chuislean...* (§199); *An uair (...)* *a chuir mise crìoch air seinn òrain air an robh déidh mhór agam anns an àm (...)* *Thàinig seann duine liath a steach do'n t-seòmar...* (§54).

8. Bi deiseil/ullamh de

These expressions can govern a noun phrase, as in:

- *chan eil iad deiseil den fòn* (they haven't finished with the phone) (AW, cf. CM); *Bha mise deiseil de m' bhiadh fada roimh chàch* (§400044); *A bheil thu deiseil de'n sgialachd?* *Oir tha an latha a' fàs fada 's feumaidh mi bhith a' togail orm* (§400083);
- *Bidh mi ullamh dhen tàillearachd mu uairean beaga na maduinn agus bidh mi 'deanamh air a' mhonadh a màireach o nach eil teaghlach eile 'sa' sgrì seo 'ga m' iarraidh* (§31).

There are a few examples of small clauses in this context, more frequently with the adjective *ullamh*. Note the position of the direct object in some of the examples.

- *Bha iad a' gabhail an leabhair, agus chan éisdeadh fear-an-tighe ris an nighinn gus an robh e ullamh de leughadh* (§400041);
- *Bha e dìreach an dèidh a bhith deiseil de sgioblachadh na bùtha agus a' dèanamh ullachaidh airson a làmhan is a aodann a nighe an uair a ghabh e a leithid de bhriosgadh le iollaich àird a chuala e* (§400113); *An uair a bha e deiseil dhe bhith leughadh na h-aithisg chuir Teàrlach ann an cèis i, dhùin e a' chèis agus thug e sìos dhan oifis aig Sandra i* (§400189);
- *nuair a bha e ullamh a (= de) sgrìobhadh an leabhair* (when he was finished writing the book) (CM); *'Se duine anabarrach sàmhach a bh' ann, agus cha robh mòran agamsa ri ràdh aig an àm cuideachd, agus nuair a bha sinn ullamh de chàineadh na sìde, thuit sàmhchair eadarainn* (§400136); *Tha mòran dhaoine gun bhith ullamh de chur an t-sìl fhathast* (§81004);
- *bha am poileas ullamh de cheasnachadh* (the police had finished questioning him) (AW).⁴²⁶

9. Other

The verb *criochnaich* (end, finish) (AW) and the expressions *thoir gu crìch* (end) (AW, CM) and *thoir gu stad* (end) (AW) only appear to govern noun phrases.

Sources:

Am Faclair Beag (<https://www.faclair.com>).

Corpas na Gàidhlig (<https://dasg.ac.uk/corpus>).

Dwelly-d: Faclair Dwelly air Loidhne (<https://www.dwelly.info>).

Mark, Colin (2004) *The Gaelic-English Dictionary*. London: Routledge.

Watson, Angus (2011) *The essential Gaelic-English / English-Gaelic Dictionary*. Edinburgh: Birlinn.

⁴²⁶ Presumably, *de [a] cheasnachadh*.

4.11 Tense and aspect: *buin*, *bean*

Source: 20th-century texts, *Corpas na Gàidhlig* (<https://dasg.ac.uk/corpus>).

1. Bean / buin (achievement)

Meaning: 1. touch; 2. meddle with; 3. interfere with; 4. touch upon, address (a topic); 5. deal with; 6. treat; 7. affect; 8. harm/hurt.

Generally, *buin* seems to be more common than *bean*. *Bean* often means ‘touch’ or ‘meddle’. The preposition *ri* is used frequently with these verbs, but *do* appears to be common especially when the verb means ‘touch’. *Air* occurs in very few examples.

[IMP]

- *Sguir a nis. Na bean dha* ‘Stop now. Don’t touch it’ (§286); *Na bean do ’n lot le do làimh idir* ‘Do not touch the wound with your hand at all’ (§53); *Na bean ri rud nach buin riut* ‘Don’t touch (or meddle with) something that is not your concern’ (§197);⁴²⁷
- *Na buin ri rud nach buin riut* (§197); *A’ rud nach buin riut, Alasdair, na buin dhà* ‘Don’t meddle with what is not your concern, Alasdair’ (§30);⁴²⁸ *Na buin do nì ach tog leat d’ anorac* ‘Don’t touch anything but take your anorak away’ (§400141).

[FUT]

- *Beanaidh mi ris le m’ mheòir is mi ’nam shuain* ‘I will touch it with my finger while I am asleep’ (§15); *Latha Fheill-Brighde, thig an rìbhinn as an toll; cha bhean mise do ’n rìbhinn, ’s cha bhean an rìbhinn rium* ‘On St Brigit’s Day, the maiden⁴²⁹ will come out of the hole; I will not touch the maiden and the maiden will not touch me’ (§401010) [cf. *ris an rìbhinn* (§55)]; *Cha bhean mi dhut* ‘I will not touch/hurt you’ (§318); *Ach ma bhuaidhaicheas an diadhachd air a’ chridhe beanaidh i ris an sporan mar an ceudna!* ‘But if the divinity/theology wins the heart, it will likewise affect (§43); *Cha bhean mi ’ach ri argumaid no dhà* ‘I will only touch upon a few arguments’ (§401003); *Ach nuair a bheanas tu idir le d’ làmh an a’ chuan fhìon-dhatht’* ‘But as soon as you touch the dry land with your hands, take the kerchief off and throw it far away from the land into the wine-coloured ocean’ (§267);

⁴²⁷ Cf. *buin* ‘concern’ in the same sentence.

⁴²⁸ Cf. *buin ri* ‘concern’ vs. *buin do* ‘touch, meddle’ in this example.

⁴²⁹ This refers to a snake or an adder. Note also *bean ri* and *do* in the same sentence.

- **Buinidh** a' Chomhairle mar an ceudna ri gnothach sònraichte sam bith a dh'fhaodas éirigh 'The Council will likewise deal with any special issue that may arise' (§200); *Chan eil fios có e a b' athair dha; ach cha ruig sinn a leas an còrr a ràdh mu 'n phuing so aig an àm. **Buinidh** mi rithe, mu 'n tig crìoch air a' bheachd-oidhirp so* 'No one knows who his father was; but we do not need to say anything else about this point at the time. I will address it before this essay comes to an end' (§217001); *Feumaidh mi crìoch a chur air a' chùis air neo **buinidh** i ri mo chiall* 'I will have to finalise the matter or else it will affect my senses' (§400158); *Dè feum a tha anns na dolairean **ma bhuineas** iad ri reusan?* 'What is the use of the dollars if they interfere with reason?' (§400159).

[COND]

- **Bheanadh** cuideigin do dh'aon chaoran fhad 's a bha Dòmhnall a-muigh 's nuair a thilleadh e dh'innseadh e dhuinn dè 'n caoran 'Someone would touch one peat while Donald was out and when he returned he would tell us which peat [it was]' (§400107); *Agus cha robh e buileach làn: bhiodh pìos air fhàgail falamh aig bàrr an uisge 's **nach beanadh** am fàinne dha 'n uisge* 'And it was not completely full: a bit would be left empty at the surface of the water so that the ring did not touch the water' (§318); *Nan coisriginn mo spiorad dhuit, **nam beanadh** ri do bhil' mo bhile, ghlanainn Dè o choire beatha, bhithinn nas fheàrr, nas òige, ciùine* 'If I dedicated my spirit to you; if my lip touched yours...' (§15); *Thàinig saighdearan gu 'n sgapadh, ach **cha bheanadh** claidheamh no peilear riutha* 'Soldiers came to disperse them but neither a sword nor a bullet would touch/hurt/harm them' (§217003);
- *Cha do bhuin mi ri Silis. Có **bhuineadh** rithe, a bha cho meall-shuileach?* 'I did not touch Sileas. Who would touch her who had such alluring eyes?' (§400103).

[PST]

- **Bhean** e do laimh fhiabhresaich an leanaibh 'He touched the child's feverish hand' (§234001); ***Cha do bhean** e ri slait no lìon ach thill e gu doras an dùin agus, a' togail leis na ciosaich, chaidh e às mo shealladh* 'He did not touch the rod or the net but he returned to the door of the fort, and taking the carcass with him, he went out of my sight' (§313); *Bha pàipearan agam ri lìonadh ach **cha do bhean** mi dhaibh* 'I had some papers to fill out but I did not touch them' (§400045); *Sin agad, a leughadair shuairce, beagan mu dheidhinn nam fiadh bho àm breith gu àm bàis. Ghabhadh mòran sgrìobhadh umpa air nach do bhean mise; agus nach freagarrach briathran Dhonnchaidh Bhàin a chodhùnadh a' bheachd-oidhirp ghoirid so...* 'Here, kind reader, is a little about the deer from birth to death. Much could be written about them that I have not touched upon; and aren't Duncan Bàn's words suitable to conclude this short essay' (§291);
- *Leis an t-slataig òir **bhuin** e ri clàr-aodainn a' chodalaiche, agus a rithis thainig fiamh ghàire air a ghnùis* 'With the golden wand, he touched the sleeper's forehead, and a smile came to his face again' (§234001); ***Bhuin** rudeigin r' a guala, is thog i a ceann* 'Something touched her shoulder, and she lifted her head' (§341); *Bha Calum riùm, ach **cha do bhuin** mise dha. An rud nach buin dhuit na buin dhà* 'Calum was at me, but I

did not touch him. Do not touch/meddle with what does not touch/concern you’ (§60); **Cha do bhuin mi ri Sìlis.** *Có bhuineadh rithe, a bha cho meall-shuileach?* ‘I did not touch Sìleas. Who would touch her, with such round eyes?’ (§400103); **Bhuin an Rìgh uamhasach càirdeil rium** ‘The king treated me very kindly’ (§302); *Is iomadh car a chuir e dheth mun do ghlais an là agus is iomadh uair a chuimhnich e mar a bhuin an saoghal cho cruaidh ris* ‘A lot happened to him before the day ended and he remembered again and again how hard the life had treated him’ (§400020); *Ged a fhuair an sgioba gu tìr anns na bàtaichean-beaga, bhuin na Spàinntich gu neo-coibhneil riu, airson dhol air tìr gun chead, agus chuir siad iad ann an daingneach Chorùna* ‘Although the crew got to the land in small boats, the Spanish treated them unkindly, for having landed without permission, and they put them in the prison/fort of A Coruña’ (§400111); **Bhuin a’ chùis cho goirt ri Uilleam Ros is gu bheil a bhàrdachd bho ’n uair sin a-mach a’ cur an céill dhuinn gun do dh fhàilnich gu tur a chridhe ’s a shlàinte** ‘The issue affected William Ross so badly that, since then, his poetry has been telling us that his heart and his health have failed completely’ (§400058); *Bha mise fortanach nach do bhuin beud no easlaint rium* ‘I was fortunate that neither loss nor illness had affected me’ (§35).

[PROG]

- *An àite dhol na b’ fhaig air a’ chùis-uamhais ’s ann a thar mi as dachaidh, ’s cha bu ruith leam ach leum: mi ga ’m fhaireachadh fèin cho aotrom ’s gu ’n saoilinn nach robh mo chasan ach gann a’ beantainn do ’n talamh* ‘Instead of going closer to the terrible thing, I ran away from home, not running but leaping: feeling so light that I would think that my feet were not touching the ground but slightly’ (§217004); *Mu ’n àm so bha móran marbhadh ga dhèanamh air saighdearan an U.S. le Co-mhaoinich de mhuintir na Roinn a Deas – cha robhas a’ beantainn do dhuine eile* ‘About that time, many US soldiers were being killed by the Communists from the north – nobody else was touched/hurt/harmed’ (§400057); **Cha robh cadal idir a’ beantainn ris, a thaobh bodhaig na inntinn** ‘Sleep did not affect him at all, in terms of body or mind’ (§400119); **Tha na h-atharraichidhean sin a’ beantainn ris an t-sluagh air a leithid a dhòigh ’s gu bheil iad a’ cur às do ’n fheadhainn nach fàs suas riutha** ‘Those changes affect the people in such a way that they are eliminating those that do not adapt to them’ (§33); *Feumaidh an S.N.P. dà rud àraidh a dhearbhadh: ’s e sin gu bheil Riaghladh Bhreatainn air a bhith beantainn ri Alba an dòigh neo-chothromach, agus gun cuir bristeadh air falbh o Shasuinn so ceart* ‘The SNP have to prove two particular things: that the British Government has been treating Scotland unfairly and that a separation from England will put that right’ (§400065); *Anns na làithean so, cha mhór na galaran ris am bìtear a’ beantainn aig an tigh* ‘Nowadays, there are few diseases that are treated at home’ (§53);
- *Bha casan Aonghais, ged as e duine mòr a bha ann, a’ leum o bhacan gu bacan mar nach robh iad cha mhòr a’ buntainn ri talamh idir ’s Alasdair a’ dèanamh spàirn chruaidh airson cumail suas ris* ‘Angus’ feet, although he was a big man, were leaping from one obstacle to another as if they were barely touching the ground and Alasdair was struggling greatly to keep up with him’ (§16); **Cha robhas a’ buntainn dhan an**

sgadan ach gun cuireadh iadsan salainn air mar a bha e tighinn a-steach, agus cha robh an còrr ri dol air anns na bucais, gu 'n tugar a-mach fear mu seach iad 'The herring was not touched except that they would put salt on it as it was coming in, and nothing else was going on it in the boxes, until they are taken out one by one' (§250); *Ann a bhi 'feoraich dé a dh'aobharaich an t-atharrachadh so, tha mi a' buntainn ri cuspairean a tha cudthromach agus iongantach* 'In asking what caused this change, I address issues/topics that are important and surprising' (§217004); *Tha a bhàrdachd a' buntainn ri móran chuspairean* 'His poetry deals with many topics' (§307); *Ciod a tha bacadh Gàidheil Chanada o bhi buntainn r' an cànnain féin mar a tha shuagh eile a' deanamh air sgath an teangannan-ne?* 'What is preventing Canadian Gaels from treating their own language as other people are doing for their own languages?' (§218004).

[PERF]

- *Thuirt e rinn gu robh lagh aig na h-eileanaich, nam faigheadh iad grèim air eilthreach a bha air beantainn do thè dha na mnathan, gun toireadh iad e gu àite iomallach agus gum briseadh iad a bhroilleach fon sàilean* 'He told us that the islanders had a law, if they caught an outsider who had touched one of the women, they would take him to a remote place and break his chest under their heels' (§27).

[VN]

- *Chaidh e mun cuairt uair no dhà, shìn e làmh mar gum biodh e dol a bheantainn riutha 's an sin ghrad tharraing e air ais* 'He went around a few times, he stretched his arm as if he was going to touch them and then he suddely pulled it back' (§313); *Am faca sibh duine a' beantainn ris a' mhaor anns a' bhàta?* 'Did you see anyone touching the factor/officer in the boat?' (§42); *Gun teagamh bha bocsa-airgid aice shuas 'na seòmar-leapa, ach bha 'n t-airgead sin air a chuir air leth airson an ám anns nach biodh i air chothrom cosnadh a dhèanamh. Cha robh math dhi beantail dha* 'Without doubt, she had a money box up in her bedroom, but that money was put aside for the time she would not have a chance to make money. She had better not touch it' (§43); *Mar a bhà, thug e fad iomadh latha (a) bha e an athar na giollachd a fhuair e, ach cha robh chridhe beantainn do 'n Iarla gus an d' thug e droch ionnsaidh air aon de na h-uaislean; an sin chaidh a bhinn a thoirt a mach agus peilear a chur ann* 'As it was, it was many days that he felt the effects of the treatment that the got, but no one would dare to touch the Earl until he attacked one of the nobles badly; then his sentence was passed and a bullet was put into him' (§199);
- *Mhathaich i rudeiginn a' buntainn dith* 'She felt something touching her' (§341); *Ach, mu 'n téid agam air buntainn ris a' choltas so a th' air a' chùis, bidh cho math duinn agus an grunn d a ghart-ghlanadh rud beag air ar son féin le bhi toirt fa near ainmean nam morairean sin ás nach eil na sloinntearan idir an-earbsach* 'But, before I manage to tackle the matter as it appears to be, we had better clear the ground for ourselves a bit by considering the names of those lords of whom the genealogists are not suspicious at all' (§217001); *Chaidh buntainn rithe air dòigh nach robh gu cliù nan Sasunnach* 'She was treated in a way that was not to the credit of the English' (§291).

2. Bean / buin (state)

Meaning: 1. concern; 2. be relevant to; 3. pertain to; 4. refer to; 5. apply to.

The verb *buin* is much more common in this context, as is the preposition *ri*.

Both simple and progressive tenses occur but there seems to be some overlap in the way they are used. The simple forms might reflect earlier usage in some contexts, whilst the progressive may be more innovative.

[FUT]

- *Cha 'n iad seann sgeòil a chaidh innseadh dhuinn fichead uair thairis a tha 'dhìth oirnn, ach nithean beòtha – biodh iad sean no òg – a bheanas do bheatha nan Gàidheal air an là- 'n-diugh* ‘It is not the old stories that were told us twenty times over that we need, but things that are alive – be they old or young – that are relevant to the life of the Gaels today’ (§401001); *Cha dèan mi iomradh ach air na bheanas ri m' bheatha fhéin* ‘I will only mention what concerns my own life’ (§40); *Chan 'eil nì anns an Achd so, no an an Achd sam bith eile, a bheanas ri Eaglais na h-Alba, a sheasas anns an rathad air a bhi toirt gnùis do Eaglais sam bith eile ann an Alba, mar Eaglais Chrìosdail, fo dhion an lagha ann a bhi coimhlionadh a dreuchdan spioradail* ‘There is nothing in this Act, or in any other Act that concerns the Church of Scotland, that will stand in the way of supporting any other Church in Scotland, as a Christian Church, under protection of the law in performing its spiritual duties’ (§292);
- *Na bean ri rud nach buin riut* ‘Don’t touch (or meddle with) something that is not your concern’ (§197); *Na buin ri rud nach buin riut* (§197); *A' rud nach buin riut, Alasdair, na buin dhà* (§30); “*Chan eil càil aig d' eachdraidh ri dhèanamh ri gu bheil thu air bòrd na soithich-sa gun chead.*” “*Buinidh m' eachdraidh ris mar seo,*” *arsa mise* ‘Your story has nothing to do with the fact that you were on board this ship without permission. My story is relevant to that this way, said I’ (§27); *Tha mu cheud duilleag de nòtaichean aig an fhear-deasachaidh, anns a bheil mòran fiosrachaidh air iomadach cuspair – uaireannan cuspairean nach buin ro fhaisg ris na sgeulachdan* ‘The editor has about a hundred pages of notes, in which there is much information on many subjects – sometimes topics that do not relate closely to the stories’ (§400053); *Anns an dòigh sin agus an dòighean eile buinidh an leabhar gu mór ris na bliadhnachan 1930 – 1960, crìoch a t-seann-saoghail agus fosgladh an t-saoghail ùir ann an Leódhas, Na Hearadh 's Glaschu* ‘In that and other ways, the book pertains greatly to the years 1930-1960, the end of the old world and the opening of the new world in Lewis, Harris and Glasgow’ (§400083); *Cha 'n 'eil sinn a' gabhail gnothuich thall no bhos ri càil a bhuineas do riaghladh rioghachd* ‘We are not at all interfering with anything that concerns ruling a kingdom’ (§401001); *Seallaidh tu thairis air gach nì eadhon nithean nach eil sgrìobhte air an duilleig seo idir; nithean a bhuineas ri riaghladh mo thaighe 's mo theaghlaich, agus sin gu glic caomhntach fhads a bhios mise air falbh* ‘You will look through everything, even things that are not written on this page/sheet at all, things that concern managing my house and my family, and that wisely and frugally whilst I am away’ (§400122); *'S dòcha gun tog sinn cuspair no dhà eile an deidh seo, agus 'se*

ar dòchas 's ar guidhe ma thig faclan eile thugaibh fhéin a bhuineas ris na cuspairean sin (no ri cuspairean sam bith eile) gun leig sibh fios dhuinn ‘Perhaps we will address a few other topics after this, and it is our hope and our wish, if you get any other words that concern these topics (or any other topics) that you let us know’ (§400096); *Tha e fìor gu bheil Hay a’ togail bho chainnt nan daoine – gu h-àraidh bho Ghàidhlig Cheann a-deas Earra Ghàidheal – caochladh fhacal a bhuineas ri marachd no ri caitheamh-beatha an iasgair* ‘It is true that Hay is collecting, from the people’s speech – especially from Gaelic of South Argyll – various words that pertain to horsemanship or fishing lifestyle’ (§400136); **Buinidh an dearbh rud ris an roinn air ‘Irregular Verbs’ far nach eil ach seachd air an ainmeachadh** ‘The same applies to the section on Irregular Verbs, where only seven are mentioned’ (§400109).

[COND]

- *Ghléidh sinn buadhan àraidh a bhuineadh do 'n chorp* ‘We kept certain traits that pertain to the body’ (§400034);⁴³⁰ *Aon uair 's gu robh e soilleir gu robh cumhachd an S.N.P. a’ fàs agus a’ sìor fhàs thòisich na pàipearan-naidheachd a’ gabhail barrachd ùidh ann agus anns gach nì a bhuineadh ri nàiseantachd na h-Albann* ‘Once it was clear that the SNP’s power was growing constantly, the newspapers started showing more interest in it and in everything that concerned Scottish nationhood’ (§400066).

[PROG]

- *Tha Uilleam MacMhathain a’ faicinn na fàisneachd seo, chan ann mar bhriathran a tha a’ beantainn ri àm ri teachd, ach mar bhriathran a tha a’ beantainn ri rud a dh’fhaodadh a bhith air tachairt ann an eachdraidh* ‘William Matheson sees this prophecy not as words that are concerned with the future but as words concerned with something that could have happened in the past’ (§210); *Co-dhiù, 's iongantach mur ann ri Clann Choinnich, no ri ball den chinneadh, a bha an fhàisneachd a’ beantainn* ‘However, it is probably the Mackenzies or a member of the clan that the prophecy referred to’ (§210); *...ach tha amharras aig mòran gur ann a’ beantainn ri obair an luchd-turais a tha a’ mhór-chuid de na tha aig a’ Bhòrd anns an amharc – agus chan eil mise idir toilichte leis a sin* ‘...but many suspect that most of what the Board have in sight is concerned with tourism – and I am not happy about that at all’ (§400058); *B’ e facal a’ mhinisteir am facal mu dheireadh air nì diamhair no cudthromach sam bith a bha beantainn ri beatha an t-sluaigh* ‘The minister’s word was the final word on any confidential or important issue that was relevant for the life of the people’ (§400181); *Bha beagan min-fhiosrachaidh eile aig Iain a thuilleadh air a seo ach 's e sin na bha beantainn ri Seumas* ‘Iain had little other detail apart from this but that is what had to do with James’ (§14); **Chan eil riaghailtean nàdair daonna a’ beantainn ri mac an duine.** *Is tric a bhris thu fhèin iad nuair a chasg thu am bàs air leabaidh an tinneis* ‘Rules of nature do not always apply to human beings. You often broke them yourself when you stopped death on the sickbed’ (§210); *Ged a tha seann chogaidhean, an aobhar 's an gnè, eucolach ri cogaidhean ar latha-ne, tha an samhla a tha san inntinn,*

⁴³⁰ Or: *belong to the body?* See §3 below.

air cothachadh is buaidh, air gaisge 's air ìobairt, air an lasadh suas an làmhnan sgrìobhaichean chumhachdaich; tha na samhlaichean sin a' beantainn ri féin-dhìon is féin-ghleidheadh is féin-agairt – ris a' ghleidhidh-bheatha a tha 'na phàirt mòr de Nàduir fhéin ‘...those images relate to self-defence and self-preservation, and self-assertion – of the preservation of life that is a large part of the Nature herself’ (§400083).

- *Tha Dorian (1985, 35-36) ag innseadh mun obair a bha a' buntainn ri smocadh an èisg ann an Eurabal, agus mar a bhite a' cleachdadh dhurcan* ‘Dorian (1985, 35-36) tells about the work that had to do with smoking fish in Eriboll, and how they used to use cones’ (§197); *Deochan-slàinte tradiseanta a tha 'buntainn ris a' Challainn* ‘Traditional toasts that have to do with the New Year’s Day’ (§197); *Airson nithean nach robh a' buntainn ri ar beatha anns an àite againn fhéin, cha robh Gàidhlig againn* ‘For things that were not relevant to our life in our own place, we did not have a Gaelic expression’ (§400082); *“Seall, tha riaghailtean glé phongail againn, gun a bhith a' seachnadh cuspairean poiliticeach. An cóigeamh, Na marbh; an seachdamh, Na goid.”* “Co ris tha sin a' buntainn?” dh'fhaighnich Biondo ann an guth diamhair “Look, we have precise rules, not avoiding political topics. The fifth one, Do not kill; the seventh, Do not steal” “Who does that apply to?” asked Biondo in a confidential voice’ (§400051); *Bha Frangan MacBheathain 'na fhear-rannsachaidh air na Sgoiltean Gàidhlig, agus bha an riaghailt mu shearmonachadh a' buntainn ris-san cuideachd* ‘Francis Macbean was a researcher of the Gaelic Schools, and the rule about preaching applied to him too’ (§400117).

3. Buin (state)

Meaning: 1. belong; 2. originate, be/come from.

The preposition *do* normally occurs in this context.

Only simple verb forms (usually the future and the conditional) are used in this context.

- [FUT] *A réir Kuno Meyer, buinidh a' chainnt anns an deachaidh an dàn so a sgrìobhadh do 'n deicheamh linn* ‘According to Kuno Meyer, the language in which the poem was written belongs to the tenth century’ (§217001); *Ach a' bharrachd air so, buinidh am fearann gu firinneach do 'n Stàid* ‘But in addition to this, the land truly belongs to the State’ (§218004); *Buinidh an sgeulachd do Bheàrnaraidh Bheag an Leódhas, is tha i air bilean an t-sluaigh fhathast* ‘The story belongs to Little Bernera in Lewis, and it is still on the lips of the people’ (§400002); *Buinidh am fiteach, agus trì eòin eile, an ròcas, an starrag agus a' chathag (daw), a tha fuireach no a' tadhal san eilean, do theaghlach na feannaig (crow)* ‘The raven, along with three other birds that visit or live in the island: the rook, the hooded crow and the daw, belongs to the crow family’ (§400012); *Buinidh ùghdar an sgeòil so do Ghleann-dail anns an Eilean Sgiathanach* ‘The author of the story belongs to Glendale in the Isle of Skye’ (§400026); *Buinidh Ailean, fear na bainnse, do Bheàrnaraigh na Hearadh far an robh mi naodh bliadhna deug 'nam mhinistear* ‘Alan, the bridegroom, belongs to Bernera (Harris), where I was

a minister for 19 years' (§400180); **Buinidh** Iain do Chlann Mhic Coinnich 'Iain belongs to Clan Mackenzie' (§400129); Cò dha a bhuineas tu? 'Who do you belong to?' [*lit.*] (§197);

- [COND] *An déidh seo b' e fear Alasdair Dòmhnallach bho Heisgeir a bhuineadh do Chlann Uisdein a fhuair an tac* 'After that, it was one Alasdair Macdonald from Heisgir, who belonged to Macdonalds of Sleat, that got the tack' (§26); **Bhuineadh** mo sheanmhair Thàboist do Shiadair 'My Habost grandmother belonged to Shader' (§35); **Bhuineadh** an t-soitheach a dh'ainmich mi cheana do Mhgr. Pagan, marsanta a Grianaig 'The vessel that I have already mentioned belonged to Mr. Pagan, a merchant from Greenock' (§400031).

Note a rare example of the verb *bean* in this context:

- *Ceart gu leòr 's e àirneis a bheanadh dhan t-seachdamh linn deug a bha ann* 'Surely that was furniture that belonged to the 17th century' (§400172).

A few past tense examples have been found:

- *Bha 'athair 'na dhuin'-uasal o Gh Galicia, agus bhuin a mhàthair dha 'n dùthaich cheudna* 'His father was a nobleman from Galicia and his mother belonged to the same country' (§218002); *Thug mi a' phìob a-steach don taigh agus chuir mi i air bòrd beag ann an oisinn còmhla ri soithichean a bhuin do dh'Alasdair Crom romhamsa* 'I took the pipe into the house and I put it on a small table in a corner along with some dishes that belonged to Alasdair Crom before me' (§400109); **Cha bhuin** iad do Ghaidhlig cheart 'na bheachd-san 'They [=the words] did not belong to correct Gaelic, in his opinion' (§401003).

There are very few examples of progressive forms:

- *Tiodhlaicear mi ann an uaigh nach eil 'buntainn dhomh* 'I will be buried in a grave that does not belong to me' (§15); **Tha** 51 muillean eile **a' buntainn do threubhan Slàbhach eile** (*Ucrainich, FionnRuisianich* 7c.) 'Other 51 million [people] belong to other Slavic tribes (Ukrainians, Belorussians etc.)' (§400045); **Tha** na trì òrain anns a bheil MacDhùnlèibhe fàilteachadh Comunn nam Fineachan Gàidhealach an Glaschu **a' buntainn do linn eile...** 'The three songs in which Dunlevy salutes the Society of Highland Clans in Glasgow belong to another century/era...' (§400139).

4. Other

Buin bho 'take from'

- *B' ann air éiginn a fhuair i a chead gu dol am mach a chum St. Pierre-le-Moutier a bhuntainn o làmhnan nan naimhdean* 'With difficulty, she got his permission to go out to St. Pierre-le-Moutier to take it from the hands of the enemy' (§217001).

Bi buntainn aig... ri ‘be concerned with’

- *Cha bhi buntainn aig a’ Chomunn ri nithean pobullach no creidmheach* ‘The Society is not concerned with matters of people or religion’ (§200).

Dlùth-bheantainn / dlùth-bhuntainn

- *’Se sgìreachdan sgapte ar breith ’s ar dùthchais a chaidh a chur fo ’n ùghdarras airson ath-chumadh: tha dlùth-bheantainn aig na nì iad a nise agus an dòigh san dean iad e ris gach duine againn* ‘It is the dispersed areas of our birth and home country that were put in their power in order to be reshaped: what they will do now and the way in which they will do it is highly relevant to every single one of us’ (§400058);
- *Tha rud eile ann a tha a’ dlùth-bhuntainn ri nàdur nan luibhean flùranach agus ’se sin mar a tha na measan a’ fàs* ‘There is another thing that is very relevant to the nature of flowering plants and that is how the fruit grows’ (§33).

5. Etymology

bean < Old Irish *benaid* (strike, beat, cut, reap, etc.)

buin < under the influence of Old Irish *boingid* (strike, break, cut, reap)? According to eDIL, *boingid* influenced some forms of *benaid* later on (*boin-*, *bain-*). This makes sense especially with the meaning ‘tear away’. However, MacBain claims that *buin* developed from *bean* under the influence of *bun* (stock), which makes sense given the meanings ‘belong’ and ‘come from’.

4.12 Tense and aspect: simple forms of *caidil*

Simple forms of the verb *caidil* can be interpreted as describing either a state (durative) (*sleep*) or an achievement (ingressive) (*fall asleep*, or *go to sleep*), depending on context. The meaning ‘fall asleep’ is found, for example, in expressions such as: *cho luath ’s a chaidleas x* ‘as soon as x falls asleep’ and often *mus caidleas / chaidil x* ‘before x falls / fell asleep’, etc. The meaning ‘sleep’ occurs with expressions of duration (e.g. *dhà latha*, *car greis*), adverbs that describe the state of being asleep (e.g. *gu ciùin*, *gu trom*), expressions introduced by *gus* ‘until’ and *mus/mun* ‘before’, etc. In other words, the latter refers to a bounded state.

Examples⁴³¹

1. Future tense

FALL ASLEEP; GO TO SLEEP

- *Bha e feitheamh gus an cluinneadh e a’ fuaim a dhèanadh am bucas, ach thainig fuaim eile – dorus a’ fosgladh – agus dhùisg e. “Seo,” arsa Nellie. “Fàg a-sin e.” “Chan fhàg. Caidlidh-tu. Siuthad, suidh an àirde.” Chaidh e air uilinn agus ghabh e an copan bhuaipe ‘He was waiting until he would hear the sound that the box but another noise came – a door opening – and he woke up. “Here”, said Neillie. “Leave it there.” “No. You’ll fall asleep. Go on, sit up.” He got up onto his elbow and took the cup from her.’ (§30); *Feumaidh sinn nis éirigh a dh’aona luath ’s a chaidleas am fòmhar. Agus feumaidh sinn togail rithe no marbhaidh e thu mun tig a’ mhaduinn ‘We have to get up now as soon as the giant falls asleep. And we have to leave or he will kill you before the morning comes’ (§400050); *Dh’fhàg thu mi gun deoch-an-doruis a ghabhail leam; agus imiridh tu òl orm a rithis mu ’n caidil thu ‘You left me without having one for the door with me; and you will have to drink for me again before you go to sleep’ (§234002); *Tha e ’na fhasan aige a bhith a’ ruith thairis ’na inntinn, a h-uile h-oidhche anns an leabaidh mus caidil e, air ùrlar pìobaireachd ‘He has the habit to go over the theme of the tune in his mind, every night in bed before he falls asleep’ (§400036).****

SLEEP

- *Theid e [=the bear] ceum no dhà anull bho bheul an tuill agus ma chì e fhaileas féin, tillidh e asteach agus caidlidh e ochd seachdainean eile, ach mur am faic e fhaileas, fuirichidh e amuigh ‘It takes a few steps out of the den and if it sees its own shadow, it goes back in and sleeps for eight more weeks, but if it does not see its shadow, it stays*

⁴³¹ Source: *Corpas na Gàidhlig* (<https://dasg.ac.uk/corpus>).

outside’ (§400018); *Cha bhi (...) Aislingean neònach agam... gu h-àraid ma chaidleas mi troimh ’n latha* ‘I will not have weird dreams... especially if I sleep during the day’ (§30); *Ged chaidleas sinn car ùine bhos, Gun dùisgear sin à suain Nuair sheinnear leis an trompaid ud Le sgal às ùr ro chruaidh – Nach ann a bhios a’ ghaoir an sin...* ‘If we sleep for a while, Till we are woken up from slumber...’ (§50);

- *Sin thu a nis Iain, bheir mi dhiot do bhrògan agus caidlidh tu gu snog. Cha chuir duine dragh ort* ‘There Iain, I will take your shoes off and you will sleep nicely. Nobody will disturb you’ (§42); *Cha chreid mi gun caidil mi ceart fo-rùm idir* ‘I don’t think that I’ll sleep right below deck at all’ (§306); *Cha tharraing an astar so ach mu uair a thìde gu leth, ach glé thrì bithidh am fear-siubhail cho sgìth claidhte mu ’n àm so agus gun caidil e mòran nas fheàrr na nì e anns na deich uairean eadar Glaschu agus Lunnainn* ‘...but very often, the traveller will be so tired and exhausted about that time that he will sleep much better than he does in the ten hours between Glasgow and London’ (§400035);
- *C’ àite an caidil mo nìonag a nochd? C’ àite an caidil mo nìonag? Far an caidil luaidh mo chrìdh’ Is truagh nach robh mi fhìn ann* ‘Where will my wee lass sleep tonight? Where will my wee lass sleep? Where the love of my heart sleeps, It is a pity that I was not there’ (§315).

AMBIGUOUS

In the following examples, *caidil* means ‘sleep’ but it could also be interpreted as ‘go to sleep’ or ‘fall asleep’.

- *“Leabaidh na mallachd,” ars esan, “cha do chuir mise seachad riamh oidhche cho fìor olc ris a raoir; aisligean, bruaillean, cadal, dùsgadh, ’s fad na h-ùine mi faireachadh gu robh rudeigin na cuideigin ag èaladh mun cuairt sa leapa.” Thug e sùil air mo mhàthair; “Caidlidh mis ri bruthaichean na tràghad ud shìos, mun cuir mi ceann air cluasaig sa’ leabaidh ud tuilleadh.”* ““That bloody bed”, he said, “I have never spent such a really bad night as last night; dreams, annoyance, falling asleep, waking up, and all the time I felt like something or someone was creeping about the bed.” He looked at my mother; “I will sleep / go to sleep at the slopes of that beach down there, before I put my head on a pillow in that bed ever again.”⁴³² (§36); *Ma chaidleas tu an dràsda cha chaidil thu a nochd* ‘If you sleep now, you won’t sleep tonight’ (§306); *Chan éirich an dràsda... ’s maite gun caidil sinn a nochd. Mur a caidil ni sinn coffee* ‘Not now... perhaps we won’t sleep tonight. If we don’t sleep, we’ll make coffee’ (§306).

2. Conditional

FALL ASLEEP; GO TO SLEEP

- [HABITUAL] *Landaig mi ann an Texas agus thug mi iomadach oidhche mus do chaidil mi ceart. Cho luath ’s a chaidlinn dheidhinn chon an aon rud ’nam aisling* ‘I ended up

⁴³² The sense of the last sentence is: I’d rather sleep on the beach than in that bed.

in Texas and it took me many nights until I slept properly. As soon as I would fall asleep I would go to the same thing in my dream...’ (§27);

- [CONDITIONAL] *Ach co-dhiubh air eagal ’s gum faodadh beathaichean fiadhaich tighinn air **nan caidleadh** e, dhìrich e suas ann an craobh mhór* ‘Anyway, for fear that wild beasts might attack him if he fell asleep, he climbed up into a big tree’ (§318); *Dhùraiginn m’ anail a leigeil far an robh mi: ach nan rachainn tacan am shìneadh air an t-sneachd b’ e an cunnart **gun caidlinn** ’s nach dùisginn tuilleadh* ‘I wanted to take a rest where I was: but if I stretched myself on the snow for a while, the risk was that I would fall asleep and that I would not wake up ever again’ (§400177).

SLEEP

- [HABITUAL] *’S an oidhche **chaidleadh** an teaghlach air leabaichean fraoich, an cadal suaimhneach, domhainn sin a bha ri fhaotainn anns an àille ghlan a measg nam beanntan* ‘In the night, the family would sleep on heather beds, that deep peaceful sleep that could be had in the pure beauty among the mountains’ (§401007);
- [CONDITIONAL] *Tha e cadal fad a’ gheamhraidh, ’s **ged a chaidleadh e fad an t-samhraidh, seadh, ’s fad an fhoghair ’na dheigh sin, so am fear nach cuireadh ionndrainn air*** ‘He sleeps all winter, and even if he slept all summer and, yes, all autumn after that, this is the one that would not be missed’ (§199);
- [PAST FUTURE] *Fhreagair an gille gu robh i dhàsan cho seasgair tlàth ri leabaidh anns an dùthaich; oir, leis mar bhà e air a chlaoidh le obair an latha, **gun caidleadh e gu suaimhneach ré na h-oidhche eadhon ged b’ i a’ chlach a bhitheadh fo a cheann*** ‘The lad replied that, for him, it was as snug and soft as a bed in the country; because – with how exhausted he was by the day’s work – he would sleep peacefully all night even if he had a stone for a pillow’ (§400012); ***Chaidleadh a manach bochd an oidhch’ ud*** ‘The poor monk would sleep that night’⁴³³ (§400181); *Dh’fhan mi ’nam chaithris oidhche Shatharna air eagal **gun caidlinn ro-fhada nan caidlinn idir*** ‘I stayed awake on Saturday night for fear that I would sleep too long if I slept at all’ (§400177).

AMBIGUOUS

- [HABITUAL] *Bha an seirbhiseach a’ dol a-mach a h-uile madainn agus bioran beag maide aige ’na dhòrn. Stobadh e am bioran dha ’n talamh agus an uair sin chuireadh e ri shròin e. Thilleadh e stigh. Shìneadh e e fhéin suas ri taobh an teine agus **chaidleadh e*** ‘...he would stretch himself at the side of the fire and sleep / fall asleep (§311); *Bha aon aislig na fìor dhroch throm-laighe fhìn a h’ uile turas **a chaidlinn*** ‘One dream was a really bad nightmare whenever I would sleep / go to sleep (§34);
- [CONDITIONAL] *Dh’fhan mi ’nam chaithris oidhche Shatharna air eagal gun caidlinn ro-fhada **nan caidlinn idir*** ‘I stayed awake on Saturday night for fear that I would sleep too long if I slept / fell asleep at all’ (§400177); *Sin thusa thu fhéin anns an oisean sin agus caidil agus ’nuair a dhuisgeas thu gheibh thu.....tea.... (...)* ***Chaidlinn fhìn nam bitheadh sibh sàmhach*** ‘Stretch yourself in that corner and sleep and when you wake up you will get... tea... (...) I would sleep / fall asleep if you were quiet’ (§42);

⁴³³ He would sleep because he knew that there were not going to be any Viking raids.

- [PAST FUTURE] *An oidhche ud fhéin chaidleadh mac an ròin ri bus Uamh an Oir, agus eadar a bhruadair aosda bheireadh e glòmadh air a shùilean cianail* ‘That very night, the seal’s son would sleep / fall asleep at the opening of the Cave of Gold, and between his old dreams, it would bring twilight on his weary eyes’ (§217001).

3. Imperative

SLEEP / GO TO SLEEP

- “*Caidil thus*,” as ise “‘Sleep you”, she said’ (§31); *Uisd a nise. Caidil greiseag eile* ‘Quiet now. Sleep another while’ (§42); *Caidil, a luaidh, caidil* ‘Sleep, darling, sleep’ (§44); *Is caidil gu ciùin* ‘And sleep peacefully’ (§48); *Sìn thusa thu fhéin anns an oisean sin agus caidil agus ’nuair a dhuisgeas thu gheibh thu.....tea* ‘Stretch yourself in that corner and sleep and when you wake up you will get... tea’ (§42); *Nise na caidlibh tuilleadh an dùsal suaimhneach* ‘Now don’t sleep the peaceful slumber anymore’ (§267).

4. Past tense

FALL ASLEEP; GO TO SLEEP

- “*A Dhiarmaid! am bheil thu ’nad dhùsgadh?*” “*Tha mise ’nam dhùisg,*” arsa Diarmaid. “*C’ à ’m b’ fhearr leat a bhi agad air a thogail an aona chaisteal bu bhreagha chunnaic thu riamh?*” “*Suas os cionn Beinn Eudainn, nam faighinn mo roghainn.*” ***Chaidil*** Diarmaid, ‘*s cha duirt ise tuilleadh ris* “‘Diarmaid, are you awake?’ “I am awake”, said Diarmaid. “Where would you prefer to have the very most beautiful castle built that you have ever seen?” “Up above Beinn Eudainn⁴³⁴, if I can choose.” Diarmaid fell asleep and she did not talk to him anymore’ (§217001); *Dhùin mi ’n doras is chuir mi fàd ri cùl an teine. Dhùin a ghalla a sùilean is chaidil mise.* “*Chaidil mi, ach tha mi ’m beachd nach d’ rinn mi ach cadal goirid nuair a dhùisg guth m’ athar a-rithist mi* ‘I closed the door and put a peat at the back of the fire. The bitch closed its eyes and I fell asleep...’ (§316); *S’ iomadh smaointinn a ruith an ceann an Rosaich mu ’n do chaidil e* ‘Many thoughts ran through the Ross-shire man’s head before he fell asleep’ (§341).

SLEEP

- “*’N d’fhuair thu cadal? Na chaidil thu?*” “***Chaidil.*** *Fhuair.*” “‘Have you got any sleep? Have you slept?’ “Yes. I have.” (§11); *Tharraing Cairstìona na cùrtearan. Bhris an t-suaile air a’ chladach le brag. Laigh mi fon a’ chuibhrig, agus dhùin mi mo shùilean. Cha do chaidil mi idir. Cha b’ urrainn dhomh* ‘Cairstìona pulled the curtains. The swell broke on the beach with a crash. I lay under the bedcover and closed my eyes. I did not sleep at all. I was not able to’ (§11); *An ath mhadainn bha Alasdair a’ dùrachdainn*

⁴³⁴ The Hill of Howth, Ireland.

*nach robh e air a bhith cho cabhagach. **Cha do chaidil e ro mhath.** Fad na h-oidhche bha duine oillteill ann an trusgan uaine agus le currac uaine air a cheann an tòir air ‘Next morning Alasdair wished that he had not been that abrupt. He did not sleep too well. Throughout the night, a terrible man in green attire with a green cap on his head was chasing him’ (§16); *Choisich sinn tràth air a’ mhadainn gu ruigeadh Valhoum, mu naoi mìle air falbh agus tuath. Chuir sinn seachad an latha ’n so. **Chaidil sinn ann an sgoil bhig ann am meadhoin a’ bhaile** ‘We walked early in the morning as far as Valhoum, about nine miles away to the north. We spent the day there. We slept in a small school in the town centre’ (§201); *Landaig mi ann an Texas agus thug mi iomadach oidhche **mus do chaidil mi ceart*** ‘I ended up in Texas and it took me many nights before I slept properly’ (§27); *Agus an deidh dhaibh ith, shuidh e-fhéin agus Teàrlach mu choinneamh an teine. Chaidh a’ mhaduinn seachad gun fhios dha. **Cha do chaidil e idir*** ‘And after they had eaten, he and Charles sat opposite the fire. The morning went by without him noticing. He did not sleep at all’ (§30); ***Cha do chaidil mi a-raoir ged a bha mo shùilean dùinte*** ‘I did not sleep last night although my eyes were closed’ (§316).**

AMBIGUOUS

- *Ré an latha bha am Prionnsa am folach anns a’ mhonadh faisg air Cnòideart agus gle theann air na saighdearan dearga. **Chaidil e uair no dhà feadh ’s a bha dithis d’ a chàirdean a’ faire, agus dithis eile air falbh an tòir air lòn** ‘During the day the Prince was hiding in the mountain near Knoydart and very close to the redcoats. He slept / fell asleep a few times whilst two of his friends were keeping watch and two others away to look for a meal’ (§234001); *Ach bha i fhéin ’s Siùsan air an cois gle anmoch, mar a bhitheas càirdean nach fhaca a chéile o chionn fada, agus nuair a chaidh i do ’n leabaidh **chaidil i gu trom*** ‘But she and Susan were up very late, as friends who have not seen each other for a long time do, and when she went to bed she slept soundly / fell into a deep sleep’ (§305); *Cha do dhùin a sùil ann an cadal, is nuair a dh’èigh Sìneag leis an trom-laighe b’ e a làmh-se a chaidh oirre ga ciùineachadh **gus an do chaidil ise mar a nì an òige*** ‘She did not sleep at all, and little Joan shouted because of a nightmare it was her hand that went to calm her down until she slept / fell asleep as youths do’ (§316); *Dhùin mi ’n doras is chuir mi fàd ri cùl an teine. Dhùin a ghalla a sùilean is chaidil mise. “**Chaidil mi, ach tha mi ’m beachd nach d’ rinn mi ach cadal goirid nuair a dhùisg guth m’ athar a-rithist mi** ‘I closed the door and put a peat at the back of the fire. The bitch closed its eyes and I fell asleep. “I slept / fell asleep but I think that I slept only for a short while when my father’s voice woke me up again”’ (§316); *Choisich iad an uairsin, am baile uile, agus beagan a bharrachd, sìos air madainn fhrasaich chun a’ chladh, a’ ghainmheach a’ sìobadh agus lòn air an t-slighe, is thill iad dhachaigh, ’s ghabh iad dram, ’s **chaidil iad*** ‘They walked then, the whole village, and a bit more, on a showery morning down to the graveyard, the sand drifting and puddles on the path, and they returned home, and had a dram, and slept / went to sleep’ (§400108).**

5. Various

This contains a few different verb forms:

- *Nuair a thàinig àm dol a chadal, dh'fhoighneachd Gruagach a' Bhruit Ghuirm càit an caidleadh Mac Rìgh Lochlann a nochd. "Caidlidh mo leanabh ann am achlais far am minig a chaidil e," orsa Gruagach a' Bhruit Uaine 'When the time came to go to sleep, the Blue-Cloaked Maid asked where the Son of the King of Lochlann would sleep that night. "My child will sleep in my arms where he often slept", said the Green-Cloaked Maid' (§51).*

6. Verbal noun

This can be interpreted either as 'fall(ing) asleep' or 'sleep(ing)'.

- *"Leabaidh na mallachd," ars esan, "cha do chuir mise seachad riamh oidhche cho fìor olc ris a raoir; aisligean, bruillean, cadal, dùsgadh, 's fad na h-ùine mi faireachadh gu robh rudeigin na cuideigin ag èaladh mun cuairt sa leapa." Thug e sùil air mo mhàthair; "Caidlidh mis ri bruthaichean na tràghad ud shìos, mun cuir mi ceann air chuasaig sa 'leabaidh ud tuilleadh." "That bloody bed", he said, "I have never spent such a really bad night as last night; dreams, confusion, sleeping, waking, and all the time I felt like something or someone was creeping about the bed..." (§36);*
- *Rinn mi beagan norradaich greiseag ach, och, cha b' urrainn dhomh cadal dòigheil 'I had a snooze for a wee while, but, ach, I couldn't sleep fine' (§310).*

7. Dèan cadal

Few examples have been found in the corpus. They describe sleeping as a state.

- *Dhèanainn cadal airson mìos, ach thig mi còmhla ruibh! 'I could sleep for a month but I'll come with you!' (§16); Chaidil mi, ach tha mi 'm beachd nach d' rinn mi ach cadal goirid nuair a dhùisg guth m' athar a-rithist mi 'I slept / fell asleep but I think that I slept only for a short while when my father's voice woke me up again' (§316).*

5. Motion towards & beneficiary

5.1 Motion towards & beneficiary: Motional adverbs

1. Introduction

The motional adverbs are shown in the following table.

Adverb	Meaning	
<i>suas</i>	up	away from the referent
<i>sìos</i>	down	away from the referent
<i>a-nuas</i>	down / up	towards the referent
<i>a-nìos</i>	up	towards the referent
<i>a-null (a-nunn)</i>	over [there]	away from the referent
<i>a-nall</i>	over [here]	towards the referent
<i>a-mach</i>	out	---
<i>a-steach (a-staigh)</i>	in	---

The adverbs *suas* and *sìos* can refer to the cardinal points. According to Dwelly (*s. v. sìos*), in W Ross, *sìos* means westwards, i.e. down the course of the streams, and *suas* means eastwards. In Perthshire, however, *sìos* meant eastwards. In Gairloch, *shìos* and *suas* mean ‘north’ and ‘south’ respectively.

The variants *a-suas* and *a-sìos* (for *suas* and *sìos*) have also been recorded, e.g. *Chaidh Eóghann is Coinneach a suas* (§217004); *Thog iad orra an sin a-sìos an t-sràid chun an talla san robh a’ cho-labhairt* (§400161).

The adverb *a-nuas* can mean both ‘down’ and ‘up’ in some dialects, i.e. it has replaced the word *a-nìos*, which is considerably rare in *Corpas na Gàidhlig*. The adverb *a-staigh* is used instead of *a-steach* in certain dialects.

The adverb (*a-*)*bhàn* (or *a-bhàin*, *a-mhàn*) is used in certain dialects instead of *sìos*. The adverb *a-stàn* expresses either the same or the opposite meaning in some dialects. Both are rare in the corpus.

Adverbs that imply motion to or away from the referent occur more frequently with verbs that describe the same direction of motion, e.g. *thig a-nuas / a-nall*; *thèid suas / sìos / a-null*. Verbs that do not express motion relative to the speaker (e.g. *ruith*, *liùg*, *snàmh*, *cuir*, *tilg*, *tarraing*) can occur with any of these adverbs. Similarly, the adverbs can be combined with prepositions, whereby the direction of motion implied by the adverb corresponds to the meaning of the preposition (goal/origin, point/space, etc.), e.g. *suas gu/do*, *a-steach do*, *a-nuas bho*, *a-mach à*,

etc. These, however, are not firm rules and there are numerous exceptions. Cf. also *a' tighinn a mach fo 'n leabaidh* 'coming out from under the bed' (§46).

Certain adverb-preposition combinations are much more frequent than others and some appear to be more common in earlier texts.

Some of these adverbs (especially *suas*) can act as part of phrasal verbs, e.g. *cuir suas* 'put up, build, erect'; *cùm suas* 'keep up'; *dèan suas* 'make up'; *coimhead sìos air* 'look down on', etc. *Suas* can also express completeness of an event, e.g. *tàth suas* 'join up, weld'; *las suas* 'light up', *lìon suas* 'fill up'. Cf. also *éirich suas* 'get up', *suidh sìos* 'sit down'.⁴³⁵

The following examples come from 20th-century texts published in *Gairm*, available in *Corpas na Gàidhlig*.

2. Prepositional use

Most of these adverbs can function as prepositions, in which usage they govern the nominative case. There are numerous examples of *suas* and *sìos* in this context in the corpus. *A-nuas* and *a-nìos* are much less frequent, whilst *a-null* and *a-nall* are rare.

- [SUAS] *Ghlaic mi i [=my knife] 's ghabh mi suas an crann* 'went up the mast' (§400011); *a' coiseachd suas an t-sràid* (§400004); *'ga putadh suas an staighre le neart a chinn* (§400015); *a' coiseachd suas taobh na mara* (§400058); *Sheòl iad suas Loch Sìphort gu faisg air Airigh-bhruach* (§400096); *a' streap suas cladach creagach Shùlasgeir* (§400002);⁴³⁶ *ghabh e suas am bruthach* (§400012); *feumar leum air tìr air taobh sear an eilein agus an t-eathar (...) a shlaodadh suas aghaidh na creige* (§400025); *a bha dol suas an sgìre* (§400007);
- [SÌOS] *a' dol sìos an abhainn* (§400004); *thòisich mi air cuibhleadh sìos an gleann* (§400010); *Mar a bha mi 'coiseachd sìos an rathad ...* (§400004); *chaidh an duine aice sìos an staidhre* (§400013); *falas a' sruthadh sìos aodann* 'down his face' (§400001); *feuch nach tuit e sìos cùl an t-sòfa* (§400010); *Bha e dol sìos an leathad* (§400018); *Lean sinn sgoltaidhean-gleanntach sìos taobh deas nam beann* (§400015); *gu robh an tractor a bha ag obair aige-san an là ud ri dol sìos an sgìre* (§400018);
- [A-NUAS] *a' tighinn a-nuas an rathad* (§400001); *ruith e nuas an staidhre* (§400013); *thàinig iad a-nuas am machaire* (§400103); *thàinig e a nuas an taobh eile de 'n chaisteal* (§400015);
- [A-NÌOS] *'S mi tighinn a nìos an Gallowgate* (§400094); *a' tighinn a-nìos an rathad bho Loch Raonasa* (§400125); *tainig an duine aice a nìos an staidhre* (§400013);
- [A-NULL] *Bha mi air a chuile ceum a choiseachd, cha mhór, a-mach air ceann an starain, a-null an rathad mór ...* (§400038);

⁴³⁵ Many are calques on English.

⁴³⁶ This verb might be transitive, cf. *a' streupadh suas na creige* (§400044).

- [A-NALL] *Bha iad uile tighinn còmhladh nall cùl na h-iodhlainn* (§400024); cf. also: *a inntinn mar chù a' ruith choinein a null 's a nall an rathad-mòr agus a mach 's a stigh mu na digean* (§400008).

Cf. the following:

- [SUAS] *Theid mi fhìn is Coinneach suas am baile, is ceannaichidh mi pint dha* (§400054);⁴³⁷
- [SÌOS] *chaidh sinn sìos am baile airson dìneir 'downtown'* (§400002).

Sometimes, no verb of motion is present.

- *Theireadh cuid gu robh sinn suas a' Mhaoil, 's cuid eile gu robh sinn amuigh anns a' Chuan Siar* (§400016).⁴³⁸

Note also: *suas agus sìos*.

- *tha carbad aca gus ruith suas is sìos an gleann* (§400010).

3. Preposition *gu*

This preposition is often combined with *suas* and *sìos*. The other combinations are less common. The object of *gu* often describes a point in space.

- [SUAS] *stiùir balach òg e suas gu oifis* (§400108); *chaidh mi suas gu bocsa nan teiceid* (§400005); *chum sinn suas gu doras a' Chaisteil* (§400005); *Chuidich sinn suas gu druim an rathaid e* (§400007); *a' toirt sgrìob suas gu Cnoc nan Gobhar* (§400027); *choisich e gu mall suas gu fosglachadh Queen's Park* (§400108); *dol seachad air an leabaidh aice suas gu leabaidh Nighean Eachainn* (§400009); *Chuir i a làmh suas gu a ceann* (§400044); *Lìon am muga suas gu bheil* (§400056); *nan tarraingeadh e a ghlùinean suas gu a bhroilleach...* (§400085); *Shlaod mi m' eallach suas gu 'n lobhta* (§400069); *a dhol suas gun an tigh-eiridinn* (§400091); *le seacaid ghoirid agus sgiorta chaol gun pleat, a' dol suas gu na glùinean* (§400041); *chaidh iarraidh oirnn a dhol suas chon na Shipping Office* (§400005); *Chaidh dithis de na h-eildearan suas chun na cùbaid* (§400022); *ruith an Sasunnach suas chun an sgiobair* (§400027); *le a ghàirdeanan a shìneadh gu buadhail suas chun an speur* (§400046); *Choisich mi suas chun a' champa* (§400058); *thog e air suas chon a' bhaile* (§400104); and: *Ghabh e suas far an robh Catriana chon na leapadh aice* (§400009); *Chaidh Dòmhnall suas thuige* (§400032); *thàinig i suas thuige* (§400039);
- [SÌOS] *Chaidh Calum sìos gu oisinn na sràide* (§400005); *'gan toirt leatha le neart an t-srutha sìos gu bun na h-aibhne* (§400014); *Tha e a' dol sìos gu doimhne an eu-dòchais* (§400006); *gum bheil a h-aodach gu bhith sìos gu leth a' chalpa* (§400005); *choisich mi sìos gu tigh mo sheanar* (§400007); *chaidh e sìos gu 'n deireadh* (§400011); *Chaidh sinn sìos chon an trèana* (§400028); *Ach tilg thusa do chòta mu do cheann agus*

⁴³⁷ It is unclear whether the entire motion takes place within the town. Cf. *chaidh mi suas do 'n bhaile* (§400054).

⁴³⁸ It may be that *suas* is used instead of *shuas* here, i.e. that no motion is implied.

thugainn sìos chun an tìghe còmhlà riumsa (§400001); Bha allt mór ris an abrar Linne Dhubh a' dortadh a chuid uisge sìos chun na mara (§400005); ghabh e sìos chun a' chladaich (§400015); Bha na beathaichean a bha dol dhachaidh r' an cur sìos chun an eathair's amach do 'n bhàta (§400016);

- [A-BHÀN] *gum bi i dol a bhàn gu Lunnainn (§400044);*
- [A-NUAS] *thainig mi nuas gu mo bhracaist (§400017); Thàinig am Fear Ruadh air a shocair a-nuas chun an taigh-chuibhle (§400039); nan tigeadh té dhiubh a-nuas chon na talmhainn so (§400061); Bha an t-eathar-adhair a' tighinn a-nuas gu talamh ann an Tahiti (§40080); sgeulachdan, òrain agus duain, a chaidh aiseag a nuas thugainn troimh na linn-tean le aithris-bedil ar n-athraichean agus ar seanairean (§400006);*
- [A-NÌOS] *air tighinn a nìos gu prìomh bhaile na dùthcha (§401015);*
- [A-NULL] *gus an cur a null gu Uilleam Dubh san Fhraing (§400009); gus an toirt a null gu bean a mhinistir (§400001); an uair a thug mi ceum a null gu tigh Iain Mhóir (§400003); Is ann a leum i null gu bothan na banntaich (§400018); chaidh mi null chun na stàile agam fhéin (§400001); tharruing i chun na stàlla i (§400013); chaidh i null chun na leapa is shuidh i (§400031); leum i a-null chun a' bhùird (§400046);*
- [A-NALL] *Tha e coltach gun tàinig a sheanair a-nall gu Alba (§400198); thig thusa nall chon an àit' agamsa (§400065); Ach co fhios nach gabh thu cuairt eile a-nall thugainn an ath-bhliadhna? (§400054);*
- [A-MACH] *chaidh i mach gu cladach Dhìbeadail (§400031); airson a dhol a-mach gu na bùthainnean (§400054); airson dol a-mach gu dannsa (§400058); Chuir an Comann litrichean a-mach gu ministearan-sgìre (§400114); Cha ruith mi mach chun na sràid 'nam aodach oidhche (§400054);*
- [A-STEACH] *Chaidh iad a steach gu seòmar aoigheachd mór (§400032); feumaidh sibh tighinn a steach gu biadh (§400031); a' tighinn a-steach chun a' chidhe (§400162).*

The object of *gu* can refer to a point in time.

- [SUAS] *Cha do thachair – suas gu so fhéin (§400003); Bha beagan shaighdearan air an cumail sa' Ghearasdan suas gu meadhon na naoidheamh linn deug (§400008);*
- [SÌOS] *Tha mi a' leughadh gun deach a' Phàirc gu léir a leigeil air mhàil (...) sìos gus a' bhliadhna 1842 (§400023);*
- [A-NUAS] *a leantainn beatha Eisenhower a nuas chun an latha 'n diugh (§400001).*

Note also: *bho*... ADV + *gu*.

- [SUAS] *Bha nis da-fhichead ceann anns an ruim aig a' mhaighstir bho aona-bliadhna-deug suas gu ceithir-deug (§400020);*
- [SÌOS] *gach aon diubh a' sìneadh bho 'n mhonadh am meadhon an eilein sìos gus an fhairge (§400018); Dà mhìle bliadhna air ais bha a' chlann Ghreugach a' riasladh ri an aibideil fhéin bho alpha sìos gu omega (§400040);*
- [A-NUAS] *bho 'n uair sin a-nuas gus an là an diugh (§400049).*

4. Preposition *do*

This preposition often occurs in association with *suas*, *a-null* and *a-steach*. The expression *suas do* seems to be less common than *suas gu*, whilst *a-steach do* is much more common than *suas do*.

The object of *do* describes various types of spatial destinations.

- [SUAS] *air tilgeil cnap mòr iarruinn suas dha 'n adhar* (§400004); *bha trì beanntan Hiorta ri togail an cinn àrda suas do 'n iarmailt ghuirm* (§400033); *a' cur smùid shocair suas dha na speuran* (§400101); *chuir iad suas a Chanada e gu ruig Montreal* (§400047); *a dol suas dha 'n Ghàidhealtachd airson mìos* (§400037); *tha e a' deanamh a shlighe troimh Muile 's troimh I, troimh Rùm is troimh Eige agus suas do 'n Eilean Sgitheanach* (§400014); *chaidh mi suas do 'n bhaile* (§400054); *théid sinn suas do 'n chrò a dh'fhaicinn a' chosgoraidh* (§400024); *chaidh i suas do 'n leabaidh* (§400040);⁴³⁹ *Tha leth a tuath an eilein 'na mhòintich thioraim, dorcha le fraoch, ag éirigh suas do 'n bheinn as àirde anns an eilean* (§400017); *thòisich sinn a' togail a chéile suas a mhullach an tighe* (§400010); *Shreap i suas do 'n bhus* (§400024); *mun rachamaid suas do 'n choinnimh-ùrnuigh* (§400009);
- [SÌOS] *chaidh mi sìos dh'an cheann shìos* (§400001); *Thug e Cuileag bhochd sìos do 'n bhaile* (§400005); *Chaidh mi sìos dha 'n sgoil 'sa mhaduinn* (§400005); *Shlaod mi fhéin Alasdair sìos do Thalla Cheilbhin* (§400006); *ghiùlain e gu grad sìos do 'n bhàta i* (§400024); *bha e air a' toirt sìos do 'n uaigh* (§400004);
- [A-BHÀN] *chaidh sinn a bhàn do seòmar na(n) leabhraichean* (§400012);
- [A-NUAS] *Theàrnaich na bràithrean a-nuas dha 'n ghleann* (§400056); *a' bruidhinn air tighinn a-nuas dha 'n bhùthaidh* (§400103);
- [A-NULL] *chaidh am mac so a null do Chanada* (§400014); *'gan aiseag a null do na Stàitean Aonaichte* (§400034); *gu feumadh i falbh comhla ris null a dh'Eirisgeidh* (§400009); *a bhith dol a null a thigh Iain* (§400003); *choisich e a-null do 'n uinneig* (§400047);
- [A-NALL] *Thàinig Dòmhnall Aonghuis Buachaille an turus so a nall do Steòrnabhagh* (§400017); *air tighinn a-nall do Ruma airson latha no dhà* (§400174);
- [A-MACH] *chaidh i a-mach do sheòmar eile* (§400072); *chaidh sinn a mach do 'n Eaglais Mhór* (§400012); *Chaidh sinn a mach do 'n chladh* (§400012);
- [A-STEACH] *thàinig soitheach a steach do Loch Bhraoin* (§400031); *Chaidh e a-steach do 'n loch* (§400056); *thainig fear air each a steach do 'n bhuaile* (§400014).

The following expressions denote the recipient.

- [SUAS] *Agus shìnte cabar an deoghaidh cabair suas dha 'n fhear a bha gu h-àrd 'na sheasamh air planga na sparra-gaoitheadh* (§400020);
- [SÌOS] *Shad e iad sìos do na fir* (§400015);

⁴³⁹ Cf. *dol seachad air an leabaidh aice suas gu leabaidh Nighean Eachainn* (§400009), 'up to the bed' rather than 'up to bed'.

- [A-NALL] *Thoir a-nall dhomh an stòl sin, a Mhàiri* (§400046).

Note also: *à*... ADV + *do*.

- *A Peairt suas a dh'Obar-Dheadhainn* [up = north?] (§400024).

The preposition *do* can introduce the object of looking (rare) whereby the adverb describes the direction.

- *nuair a choimhead e suas dha 'n a' chraoibh* (§400059).

5. Preposition *ri*

In its spatial sense, *suas ri* very often refers to a motion up a declivity or upstream.⁴⁴⁰ Both *suas* and *ri* alone can express the same meaning: *suas am bruthach, ris a' bhruthach*.

- *Chan fhaigh iad chuige ach suas ri aghaidh carraig chais shleamhainn...* (§400017); *Ghabh sinn an t-ath-ghoirid gu Cachaileith Bhealaich, thar Sruthan an Uruisg 's a suas ri Druim Dubh* (§400018); *Dh'aithnich sinn nach bu chreutair talmhaidh e agus, gun fhacal a ràdh ri chéile, thill sinn air ais agus thog sinn suas ri cnocan beag cas* (§400018); *dhìrich sinn suas ri Maol nan Damh* (400023).

It can also refer to the point/area of attachment or contact.

- *Bha bratach gach buidheann air am bualadh suas ris a' bhalla air an taobh fhéin* (§400035); *a' cumail mo dhà làimh, ceangailte mar a bhà iad, suas ri m' aodann* 'holding my hands up against my face' (§400040); *Aig a sin ghlac e mo làmh agus thog e suas i r' a ghualainn* (§400042).

Ri indicates closeness (English 'by' or 'along') in the following examples.

- [SUAS] *ghabh sinn ceum socair suas ri bruaich na h-aibhne* (§400154);
- [SÌOS] *Choisich iad air an socair sìos ri bruaich a' chladaich* (§400023); *ghabh Eoghann Cléireach 's mi fhéin sìos ri bruaich cladaich Smercleit* (§400002); and: *A' suidhe sìos ri oisein an teine...* (§400010);
- [A-NUAS] *dé cho fuar 's a tha an sruth a tha tighinn a-nuas ri cladaich Labrador* (§400087); *Chunnaic e eathar a-nuas ris a' chladaich agus dithis 'ga h-iomradh* (§400038);
- [A-NULL] *Dh'fhalbh e 'na leum (...) a-null ri oir a' bhaigh* (§400044); *Thug sruth siar an làin a null ri cladaich i, 's thog an sruth sear i mach air a' Bhéist* (§400016);
- [A-STEACH] *Theann na balaich a-steach ri chèile a-rithist* (§400122).

Cf. also: ADV + *ri taobh*.

⁴⁴⁰ The opposite meaning is expressed by *sìos le* (see §6). However, cf. *theann na deòir a' ruith sìos ri ghruaidh* (§400059).

- [SUAS] *Air madainn àraidh aig deiread an earraich tharraing dà bhirlinn dhusan-ràmhach suas ri taobh a chéile aig Ob na Hearadh (§400033); Thàinig duine mór suas ri taobh gun fhios dhi (§400097);*
- [SÌOS] *Shuidh e sìos ri taobh sìdh-bhrugh a leigeil anail (§400015); tharraing i sìos ri taobh e (§400023);*
- [A-NULL] *bheir e null ri taobh an locha sinn (§400040);*
- [A-NALL] *tharraing Parlann a' chathair bu shocraiche san t-seomar a-nall ri taobh àite suidhe féin (§400042); 'S ann a thàinig i nall ri mo thaobh (§400001);*
- [A-STEACH] *thàinig cuideigin eile steach ri mo thaobh (§400150).*

Very frequently, *suas ri* introduces an expression of quantity (English ‘up to’).

- *Tha Sùlasgeir suas ri dà fhichead mìle tuath is an ear-thuath air Rubha Robhanais (§400002); Ann an siorrachd Inbhirnis tha suas ri trì fichead neach a rugadh an Ruisia (§400007); Tha suas ris an àireamh sin de chlàir [=records] aige cuideachd (§400015).*

The preposition *ri* can introduce the object of looking.

- [SUAS] *a' coimhead suas ri aodann a' Chaiptein (§400005); Chunna mi anns a' bhùrn aodann m' athar 's e a' coimhead suas rium gun fiamh air bith (§400045); Sheall an dithis againn suas ris a' bhealach (§400047);*
- [SÌOS] *Sheall i sìos ri a gàirdean ceàrr (§400039).*

Note also the expression *suas ri chèile* ‘going out with one another’.

6. Preposition *le*

The expression *sìos le* is the opposite of *suas ri* ‘up’. It is considerably rare in the corpus. The same meaning can be expressed by either *sìos* or *le* alone.

- *dh'èigh e, 's na deòir a' ruith sìos le ghruaidh (§400175); Nise bha 'n tobar astar math sìos le bruthaich fo 'n taigh (§401013).⁴⁴¹*

7. Preposition *air*

This describes motion onto a (horizontal or vertical) surface or on top of an object.

- [SUAS] *an eathraichean a tharraing suas air a' mhol (§400002); far na tharraing sinn an t-eathar suas air an lic (§400016); ruith Murchadh suas air bòrd an t-soithich (§400072); air a chur suas air a' bhalla aca fhéin ‘to put it [=the flag] on their own wall’ (§400035); dhìrich fear suas air an tughadh ‘up on the thatch’ (§400010); dhìrich i suas air a' chraoibh (§400011); Bithear 'gan nighe [=the shirts] a h-uile h-oidhche*

⁴⁴¹ Note that there are no verbs of motion in the latter example.

agus 'gan cur suas air maide-crochaidh (§400016); *a' leum suas air a' chreig* (§400046); *leum e [=the dog] suas orm* (§400058);

- [SÌOS] *shuidh mi sìos air dos fraoich* (§400003); *air a bhualadh sìos air làr criadh* (§400003); *leig i i fhéin sìos air a glùinean* (§400023); *Bheirinn-sa ùine mhór a' cur sìos air paipear gach dreuchd is inbhe anns an d' rinn Iain MacNeachdainn seirbhis d' a luchd-dùthcha* (§400013); *thog iad orra sìos air chéilidh air Tormod Ruadh* (§400003);⁴⁴²
- [A-NUAS] *Bha falt dubh a' tighinn a nuas air a chluais fo bhonn a bhonaid* (§400004); *dheàrrs a solus [=of the moon] a-nuas air a' bhàgh* (§400044);
- [A-MACH] *shnàmh i mach air a' mhuir* (§400076).

The expressions *a-null / a-nall air* can correspond to English 'past; over; across'.

- [A-NULL] *Faodaidh neach coiseachd a null oirre ri muir-tràigh* (§400003); *cha deachaidh i null air a' Chaolas gu Barraidh riamh* (§400009); *chan fhaigheadh e null air an drochaid* (§400029);
- [A-NALL] *Thig e nall air a' chaolas cinnteach gu leòir* (§400005); *An uair a thainig iad a nall air an allt an Ceann a' Bhàigh...* (§400017).

Similarly, *sìos air* seems to mean 'further down than' in the following example.

- *Cha deach i riamh sìos air Dalabrog* (§400009).

Note the expressions *a-mach / a-steach air (doras/uinneig)*.

- [A-MACH] *'s e dol a-mach air an doras* (§400068);
- [A-STEACH] *Thàinig e steach air an uinneig* (§400011).

The preposition *air* often indicates the object of looking (common with *suas*).⁴⁴³

- [SUAS] *Sheall i suas air an speur* (§400013); *Sheall i suas air a h-athair an uair a bha 'n ùrnuigh ullamh* (§400023); *Thug mi sùil air ais suas air a' bheinn* (§400047); *Sheall mi suas air a' bheinn* (§400047);
- [SÌOS] *thug e sùil sìos air a' bhlàr shnèap mu choinneamh an tighe* (§400001); *Tha An Caolas Mór cas, coillteach, a' coimhead sìos air Seanntraig mar iolair...* (§400001); *A' coimhead sìos oirne á beanntan na Pàirce tha Sithean an Airgid* (§400017);
- [A-NUAS] *bha trì beathaichean mart ag amharc a-nuas oirnn bho mhullach an tighe* (§400063);
- [A-NULL] *Thug mi sùil a-null air Seòras beag* (§400042);
- [A-MACH] *Thug e sùil a mach air an uinneig* (§400035).

⁴⁴² *Air chéilidh* might be a set expression.

⁴⁴³ This is a property of the verbs *seall* and *coimhead*: they take the preposition *air*, apparently, in many dialects and *ri* is used elsewhere.

8. Preposition *an*

This preposition appears rarely to indicate destination in this context. In a few examples, it has a spatial meaning. It can also introduce the object of looking (into).

- [SUAS] *Chaith e suas anns na speuran na seachd sleaghan diag* (§400015); *Cha teid agamsa air dol suas sa' chraoibh* (§400050); and also: *sheall i suas 'nam aodann* (§400005);
- [SÌOS] *chaidh duslach a' bhoireannaich a chur sìos an ùir Hiort fada o chladh a daoine* (§400027).

9. Preposition *mu*

The preposition *mu* seldom occurs in this context. It can refer to space, time and quantity.

- [SUAS] *tharrainn i aodach na leapa suas m' a cluasan* (§400054); *agus suas mu dheich uairean, no eadar a deich agus aon uair diag, bha an dà chaillich 'nan suidhe taobh an t-simileir* 'up until about 10 o'clock' (§400009); *Bidh suas mu dhà cheud duine ag obair ann* (§400085);
- [SÌOS] *leig i leis an fhalt fhada bhàn tuiteam sìos mu guaillean* (§400120);
- [A-NUAS] *Bhris an crann agus thàinig an seòl a-nuas mu chlaigheann an luchd-siubhail* (§400130).

10. Preposition *gu ruige*

The preposition *gu ruige* very rarely occurs in this context. Its object describes a point in space (with *suas/sìos*) or in time (with *a-nuas*).

- [SUAS] *agus sruth fuar na fadhlach suas gu ruige a smigead* 'up to his chin' (§400010); *ghabh mi suas gu ruig tigh Alasdair Uisdein* (§400063);
- [SÌOS] *Latha no dhà an déigh sin dh'fhalbh i sìos gu ruige Lunnainn* (§400080);
- [A-NUAS] *Sin a nise cunntas goirid air na ceàrdaidhean a-nuas gu ruig an t-àm a th' againn an diugh* (§400049);
- [A-NULL] *a dhol null gu ruig an Stac air an ròp* (§400014);
- [A-MACH] *Chaidh Donnchadh a mach gu ruige Glaschu* (§400010).

11. Preposition *a dh'ionnsaigh*

The preposition *a dh'ionnsaigh* is also very rarely found in this context.

- [SUAS] *Leum Diarmaid gu tìr agus thug e roid suas a dh'ionnsaigh an taighe* (§400142);
- [SÌOS] *an t-athair 'dol sìos dh'ionnsaigh a' chladaich ...* (§400020);
- [A-NUAS] *thàinig gille òg a nuas a dh'ionnsaigh a' bhàta* (§400005);

- [A-NULL] *Dh'èirich e às a chathair 's thug e ceum a-null da h-ionnsaigh* (§400143);
- [A-NALL] *thainig e a-nall g' ar n-ionnsaigh le pìos de ròpa 'na làimh* (§400040);
- [A-MACH] *Thàinig Aonghus a mach a dh'ionnsaigh an doruis mhóir* (§400010);
- [A-STEACH] *Tha Loch Badhasdail, Loch Aoineart, Loch Sgiobart, agus Loch a' Chàrnain a' sìneadh a-steach dh'ionnsaigh nan cnoc so* (§400059).

12. Preposition *bho*

Many examples include the adverbs *a-nuas* and *a-mach*, whilst the other combinations are less frequent.

- [SUAS] *am feadh ghreas an gille an tractor suas bho 'n chladach* (§400054); *Bha iad a' coiseachd suas bho 'n chladach* (§400069); cf. also: *chaidh an àireamh suas o 'n 30 duine bh' ann os deidh na brice gu 88 mu dheich bliadhna fichead os deidh sin* 'the number went up from the 30 people who were there after the smallpox to 88 about thirty years after that' (§400094);
- [SÌOS] *Nuair a bha mi 'nam bhalach leum mi sìos bho chreig àird a' creidsinn ann an cumhachd mi-nàdurach "Minjustsu", agus le mór iongnadh na bha an làthair ràinig mi bonn na creige le craiceann slàn* (§400041);
- [A-NUAS] *Nochd an tòrradh a nuas o thaigh Eachainn* (§400002); *thèarnaich mi nuas bho 'n chùbaid* (§400057); *cuihne air criomag ghliocais a thàinig a nuas bho 'n athraichean* (§400003);
- [A-NÌOS] *an turas a bh' aige a-nìos o 'n ghleann* (§400054); *Thàinig an smuain sin a-nìos bho dhoimhneachd na h-inntinn aige* (§400123);
- [A-NULL] *shàth e null bhuidhe i [=the glass] tarsainn a' bhùird* (§400037);
- [A-NALL] *Gheibh i càr a-nall bho Rinn Eanaigh* (§400054); *am fùdar ceart a thoirt a-nall bho 'n Ghearmailt* (§400038);
- [A-MACH] *a' tighinn a-mach bho Lunnainn* (§400049); *Tha rathaidean-iaruinn a' sìneadh a-mach bho Pheairt air gach taobh* (§400063); *a' leum a-mach bho chùl creige agus a' mort duine bochd sam bith a bha mì-fhortanach gu leòr tighinn 'na lùib* (§400079);
- [A-STEACH] *'s fheudar gur i 'm pleun a tharraing na bàtaichean a-steach bho chuan* (§400177).

Note also: ADV + *bho... gu*.

- [SÌOS] *Tha còrr agus sia ceud ceum a' dol sìos bho mhullach a' bhràighe chun an tìghe* (§400001);
- [A-NUAS] *thig iad a nuas o na cnuic 's na monaidhean chon na h-ìsle, nan croitean 's nan tràighean 'nan sgaothan móra* (§400013);
- [A-NALL] *Dh'iarr i a corp a chur a nall o Eirisgeidh gu Uibhist* (§400009).

13. Preposition à

There are numerous examples of *a-mach à*, but the other combinations are much less common, especially those that involve *suas*, *sìos*, *a-null* and *a-steach*.

- [SUAS] *air a' chraimhneach oillteil a bha a' sìr-éirigh suas ás an uaigh fhuair neo-choisrigte* (§400092);
- [SÌOS] *Carson a bha i gun sguir 'ga shlaodadh sìos as an adhar àrd ud?* (§400025);
- [A-NUAS] *tha e a' tuiteam a nuas as an speur* (§400013); *a sgiùrrsadh nan caorach a nuas as na mullaichean* (§400016); *Thainig esan a-nuas á Obar-Dheadhain* (§400036); *Thainig e nuas ás an diollaid* (§400075);
- [A-NÌOS] *dìreach a' tighinn a-nìos ás a' chùlaisd* (§400037); *dh'éirich e a-nìos ás a' chathair* (§400056);
- [A-NULL] *tha còrr is ceud gu leth bliadhna bho chaidh na daoine aca null á Albainn* [=from Scotland to Nova Scotia] (§400074);
- [A-NALL] *a' tighinn a nall a* [=from] *Ameireaga* (§400004); *a thàinig a nall as a' Mhorbhairne* (§400004);
- [A-MACH] *Choisich e mach ás a' bhàta* (§400046); *far na robh e ruith a-mach ás an uaimh* (§400047); *air a ghearradh a-mach ás a' chloich* (§400056);
- [A-STEACH] *a' tighinn dìreach a-steach às a' chuan* (§400169).

Note also: ADV + *à... gu*.

- *B' ann an curach a thàinig Calum-cille agus an dusan companach aige a nall á Eirinn gu Eilean Idhe* (§400006).

14. Preposition far

The preposition *far* is considerably rare in this context.

- [SUAS] *Thug Anna i fhèin suas far a h-uilne is las a sùilean* (§400121);
- [SÌOS] *feumar rudan a thoirt sìos far na h-àirigh* (§400028);
- [A-NUAS] *bheireadh i* [=the dog] *nuas far ròp na gàrradh gach bad aodaich air an laigheadh fiacail* (§400114);
- [A-STEACH] *a' ghaoth bhlàth a' tighinn a-steach far na locha* (§400145).

15. Prepositions thar and tarsainn

These prepositions occur with *a-null* and *a-nall*.

- [A-NULL] *Air ais do na carbaidean leinn uile agus a-mach á so air sreath a chéile a-null thar mòinteach Bharbhais a Steòrnabhagh* (§400037); *leum Lachlainn a-null tarsainn a' ghàrraidh* (§400044);

- [A-NALL] *thug mi fa-near do choltas fìor-eun mór ag iathadh a nall thar mullach Beanntan Chorobheinn* (§400003); *a' tighinn a-nall tarsainn a' mhonaidh thugam* (§400041).

Sources:

Corpas na Gàidhlig (<https://dasg.ac.uk/corpus>).

Dwelly-d: Faclair Dwelly air Loidhne (<https://www.dwelly.info>).

Dr David Mandić

Prof. Roibeard Ó Maolalaigh

5.2 Motion towards & beneficiary: *ri*

1. Introduction

Generally, the preposition *ri* seems to express a type of directionality, not necessarily involving motion. When it indicates spatial relations, one entity (usually represented either by the subject or by the object of a verb) is facing, or opposed to, or moving towards, or exposed to whatever is denoted by the object of the preposition. In other words, this preposition does not express the goal of motion as the prepositions *do* or *gu* do. Additionally, it has other (often more abstract) meanings and functions, which seem to be ultimately derived from its spatial meaning(s).⁴⁴⁴

2. Spatial relations

The preposition *ri* describes a spatial relation of one entity to another whereby the two entities are facing or are directed towards each other in a way. This can, but does not necessarily, involve motion or physical contact. In this usage, the word *ri* often corresponds to English ‘against’.

Static and dynamic, involving contact:

- *bha mo dhruim ris a’ bhalla* (AW); *bha mi nam sheasamh ri seann chraoibh* (CM);
- *tha a’ chlàimh a’ faireachdainn tais agus maoth ri do chraiceann* (CM);
- *chuir iad bùird ri uinneagan an t-seann taighe* (§368,viii,b); *nach cuir thu peann ri pàipear!* (RC §368,viii,c); *nach cuir sinn an t-airgead seo ris a’ phoit?* (RC §368,viii,c); also: *cuir teine ri* (set fire to) (FB);
- *bha uisge nan seachd sian a’ stairirich ris an uinneag* (CM); *bhuail e a chas ri chloich* (he dashed his foot against a stone) (D); *shuath Iain a làmh cheàrr ri (a) bhriogais* (RC §368,viii,d).

Static, no physical contact:

- *tha aghaidh an taighe ris an àirde deas* (faces south) (CM);
- *tionndaidh ri* (turn to) (FB).

Dynamic, (possibly) no physical contact:

- *tharraing iad uile ri chèile* (RC §368,viii,j);
- *till ri* (return to) (FB).

⁴⁴⁴ Abbreviations: AW – Angus Watson; CM – Colin Mark; D – Dwelly; FB – *Am Faclair Beag*; RC – Richard Cox.

The following examples illustrate similar meanings, some of which are more abstract. In these cases, *ri*-phrases function as complements of various verbs.

- 's ann *a chuir an luchd-tadhail ri ar sòlas an oidhche ud* (RC §368,viii,c);
- *nuair a bha mi a' dol dhachaigh, thachair bodach beag rium* (as I was going home, I met a little old man) (CM); *an do thachair thu ris an dotair ùr fhathast?* (RC §368,viii,l); *choinnich sinn ri chèile an-uiridh* (RC §368,viii,l); *choinnichidh an saoghal riut fhathast* (RC §368,viii,l).

Similar meanings occur in a number of set expressions, compound prepositions and adverbial expressions.

- *bha iad na suidhe aghaidh ri aghaidh* (RC §368,x); *taobh ri taobh* (AW);
- *nach suidh thu rim taobh-sa!* (RC §368,ix,a); *ri 'làimh* (at his hand) (D); *tha connadh gu leòr ri làimh ma bhios feum againn air* (RC §368,ix,a);⁴⁴⁵
- *beul ri trì mìosan* (nearly three months) (D);
- *cha bhi mionaid nach bi am fòn-làimhe làimh rithe* (ri taobh) (RC §368,ix,b);
- *còmhla rium / cuide rium / mar rium* (AW);⁴⁴⁶ *chaidh an dithis chun an dannsa còmhla ri chèile* (RC §368,ix,b);⁴⁴⁷
- *dlùth ri a bhràthair* (faisg air) (RC §368,ix,b);
- *thuirt a' chompanaidh gun obraicheadh i an co-bhuinn ris a' chomhairle* (RC §368,ix,b);⁴⁴⁸
- *cha do dh'fhuing sinn dad an taca riuthasan* (RC §368,ix,b); *an tacsas ri craobh* (AW); *bha am bodach na sheasamh an tacsas ris an doras* (RC §368,ix,b);
- *tha e an urra riut fhèin dè nì thu nad bheatha* (RC §368,ix,b).⁴⁴⁹

In the following examples, the preposition *ri* expresses either position or motion in relation to something, involving a degree of effort or difficulty.

- *ri bruthach* (ascending the acclivity) (D); *chaidh na ruitheadairean ris a' bhruthach* (RC §368,viii,o); *chaidh i ris an t-sruth* (upstream / against the current) (AW); *ris a' gaoith* (AW); *'s ann a chuir sinn ar n-aghaidh ris a' ghaoith* (RC §368,viii,e); *mar dhuilleig ri doinnean* (like a leaf in the blast) (D).⁴⁵⁰

In a similar, more abstract, sense, *ri* can indicate opposition, mainly in association with verbs that describe conflict or struggle, e.g.

⁴⁴⁵ Cox includes this expression among compound prepositions (*roimhearan fillte*) although it acts as an adverb in this particular example.

⁴⁴⁶ The word *còmhla* comes from *comh-làimh*.

⁴⁴⁷ Also *maille ri*, *cuide ri*.

⁴⁴⁸ Also (*ann*) *an co-bhann ri* (FB). The meaning of this expression might have been derived from that described in §3.

⁴⁴⁹ This might belong to §6 (experiencer).

⁴⁵⁰ Moving in the same direction as the current or wind, or down a slope, would be described by the preposition *le*. The last example (*ri doinnean*) could also be interpreted as expressing exposure (see §4 below).

- *a' cogadh ri gaisgeach* (fighting with a hero) (D); *ghleac iad ri tonnan a' Chuain Sgith* (CM); *na bi a' trod ris!* (RC §368,viii,1); *bha iad a' trod ri chèile* (AW);⁴⁵¹ *seas ri* (confront) (FB); and also: *thàinig e ri a bheatha fhéin* (he took his own life) (D); and possibly also: *gèill ri* (comply with).

3. Attachment

The preposition *ri* can introduce a noun phrase describing a type of attachment. This can involve physical contact, or be more abstract or metaphorical, e.g.

- *bha a' bhò ceangailte ri ròpa* (RC §368,viii,c); *thèid esan* [i.e. the bull] *na dheann-ruith, agus iadsan a' slaodadh ris* (RC §368,viii,e),⁴⁵²
- *croch ri* (hang from) (CM);
- *lean ri* (adhere; follow) (FB);
- *cùm ris!* (RC §368,viii,c);
- *buin ri* (belong to; be concerned with) (FB);
- *tha i pòsta rim cho-ogha ann an Obar Dheathain* (RC §368,viii,1);
- *càirdeach ri* (related to) (FB);
- *bithear cleachdte ris na seann dòighean* (RC §368,viii,1).

This might also include the following examples:

- *gabh ri* (accept) (CM); *cha do ghabh mi ris an argamaid sin* (RC §368,viii,1);
- *aontaich ri* (consent to) (FB).

These meanings are related to some of those described in §2.

4. Exposure

The expression (*bi*) *ris* can mean 'be exposed/visible', e.g. *bha a h-uileann ris* (her elbow was showing/bared) (AW); *bha a druim ris* (her back was bare) (CM); *tog do bhriogais – tha do thòn ris!* (RC §368,viii,n); *a bheil a' ghealach ris a-nochd?* (RC §368,viii,n); cf. also: *'s gun ris dheth ach an ceann is an amhach...* (CM). The expression *leig ris* means 'disclose' (CM), e.g. *chaidh rùn an riaghaltais a leigeil ris sna pàipearan-naidheachd* (RC §368,viii,n).

Cf. also: *ris a' ghrèin* (exposed to the sun) (AW);⁴⁵³ *tha an cidsin ris a' ghrèin* (RC §368,viii,n); *bha iad air an tiormachadh ris a' ghrèin* (CM); *ri solas an latha* (RC §368,viii,n); *ri teine* (over a fire, i.e. exposed to fire) (FB); *cuir ri theine* (set on fire) (FB); also: *(a') nochdadh ri beanntan na Hearadh* (coming in sight of the mountains of Harris) (AW); and similarly: *ri fasgadh* (sheltering); *suidh ri fasgadh na creige* (sit in the shelter of the rock) (FB).

⁴⁵¹ There are very few examples of the expression *a' trod ri* in the corpus and they mostly mean 'scold', rather than 'fight'.

⁴⁵² They are tied to the bull's tail and will be dragged after it when the bull starts running.

⁴⁵³ Dwelly: *ri gréine*.

This meaning of *ri* is close to that of, for example, *ris a' ghaoith* in §2.

5. Addressee

The term *addressee* refers to the recipient of a message, which can be either verbal or non-verbal. In the context of certain verbs, the addressee is indicated by the preposition *ri*, e.g.

- *thuirt e ris* (CM); *na abair sin rium!* (RC §368,viii,l); and also: *bha duine ann ris an abradh iad* ‘an Caiptean’ (whom they called) (CM);
- *bhruidhinn i rinn an-diugh* (RC §368,viii,l);
- *bha mi a' labhairt ri saighdear an-dè* (RC §368,viii,l);
- *chuala e guth ag èigheachd ris* (CM); *dh'èigh mi rithe* (RC §368,viii,c);
- *dèan conaltradh ri Màiri* (communicate with Mairi) (FB); and also: *bhathas ann an conaltradh rium an-dè mu dheidhinn* (RC §368,viii,l);
- *crath/smèid ri* (wave to) (FB);
- *guidh ri Dia* (pray to God) (FB);
- *grìos ri* (implore) (FB);
- *rinn i gàire rithe fhèin* (RC §368,viii,j).

Cf. also: *an dèidh deasbad ris na pàrantan* (CM); *bha sinn a' deasbad na ceiste ri chèile* (RC §368,viii,l), which can also be interpreted as expressing opposition, cf. *a' trod ri* in §2.

6. Beneficiary/maleficiary and experiencer

Experiencer is an entity on which the situation described by the predicate has a certain effect (positive, negative, or neutral). Beneficiary/maleficiary is usually an animate participant that is affected (dis)advantageously by the action, situation, or similar. In some contexts, these roles are indicated by the preposition *ri*, e.g.

- *tha do làmhan cho salach – dè dh'èirich riut?* (RC §368,viii,g);
- *ciamar a bhiodh tusa a' dèiligeadh ris a' cheist seo?* (RC §368,viii,l);
- *cha bhean sin riut* (RC §368,viii,d);
- *'s ann a bha iad ag eudach riut* (RC §368,viii,d);
- *chòrd an cèilidh ri mo mhàthair* (RC §368,viii,g);
- *tha a' bhriogais ùr a' tighinn riut gu math* (RC §368,viii,g).

The following examples might belong here too:

- *tha bàidh agam ris a' chaillich ud* (RC §368,viii,m); *'s ann a tha truas agam riutha* (RC §368,viii,m);
- *dèan iochd ris* (show him mercy) (FB);
- *tha an dithis nàbaidh an gruaim ri chèile* (RC §368,viii,e);
- *ghabh e an cuthach ris a' ghnothach* (RC §368,viii,e);

- *bha Anna aoi^gheil ris na h-uile* (CM); *bha na banaltraman gu math coibhneil ri^{te}* (RC §368,viii,m); *bidh i an-còmhnaidh càirdeil ri^{um} nuair a ch^ì mi i* (RC §368,viii,m); *sguir a bhith cho feargach ri^{um}!* (RC §368,viii,e).

Cf. Section 5.4, §5.

7. Object of attention (verbs of perception)

